





MSK

Highland Songs
55.8 Highland War-Dances

Lamentations

Written soon after the
Battle of Culloden
By Alexander Macdonell,
of Aigyleshere - a learned
Schoolmaster. —

Numerous copies of this Collection
were burnt by the hands of
the common Hangman in Edin-
burgh in 1752 by order of
Government.

The copies that escaped that
conflagration are therefore highly
prized - and very scarce.

A I S - E I R I D H

N A

Sean Chánoin Albannaich;

N O,

An nuadh Oranaiche Gaidhealach.

Le ALASTAIR MAC-DHONUILL, Bailli Chana.

Ris am bheil coimh-cheangailte,

EIDER-TREANGAIR am mineachadh ann
am Beurla gach cruaigh fhacall a tharlas
anns an leabhar so.

Clo-bhuailt' ann


D U N E I D I U N N,

Go feim an Ughdair.

M D C C L I.

"Of all languages, ancient or modern, not one is richer in words, more elegant in expression than the Irish" — see Gibbons's *Life of Burke*, Vol 5.

Hall. 149. k.



LAURISTON CASTLE
LIBRARY ACCESSION

Do an UASAL ONARACH,

BHALTAIR MAC-PHARLAIN,

Triath CHLANN-PHARLAIN.

UASAIL OIRDHEIRC,

IS e ar stuiddearra mor doi'-chíof-
aicht', agus ar n eolus neamh-
chummannta, anns gach ni a
bhuineas do dh' fhaolum agus do
sheanchas; go sonraicht', ar gaol
gun choi'-meas do na nithe sin a
bhuineas do ar duthaich agus do
ar canoin mhathaireil féin, a bhrof-
taich me chum an obair fo chuir fo
ar dídionn. Uimesin tha me doch-
usach go fuiling sibh fo ar tearmann
i, chum gur luaithite ghabhar spéis
agus

agus tlachd dh' i, ann measg gach dream a thuigeas a chanoin fo. Oir, feadaidh me radh gun bhrosgul, nach b' urrainn i bhi ni ba shábhailte fo thearmann neach air bioth eile.

Tha ar cliu mor agus ar n alladh chomh-lan-shoilleir cheana, as nach ruig misé leas ann fo toifeachadh ri mheadachadh ; a bhar gur fior chinnteach me, nach bheil ni air bioth is graineile, agus is fuathaiche libhs', na ní sin a bhiotas cosoil ri brosgul no miodul. Agus ann lan dóchus, go faidh an obair mheanbh fo, ar dion agus ar comaradh,

Tha me le mor spéis agus urram,

ar seirbheis each fior umhuil,

ALASTAIR MAC-DHONUILL.

The P R E F A C E.

THE following work is presented to the public for two reasons. One is, the author entertains, that the publication of those poems wrote some time ago, for the amusement of a private gentleman, may afford some entertainment to those versed in this ancient and comprehensive language : and raise in others a desire to learn something of it, if they can be brought to think, that it may possibly contain in its bosom the charms of poetry and rhetoric, those two great sources of pleasure and persuasion, to which all other languages have owed their gradual advancement, and, in these improving times, their last polish and refinement.

The other reason of their publication at present is, to bespeak, if possible, the favour of the public, to a greater collection of poems of the same sort, in all kinds of poetry that have been in use amongst the most cultivated nations, from those of the earliest composition to modern times ; their antiquity either proved by historical accounts, or ascertained by the best tradition ; with a translation into ENGLISH verse, and critical observations on the nature of such writings, to render the

work useful to those that do not understand the GALIC language. And if such a series can be made out, besides the general agreeableness of the thing itself, nothing perhaps will better contribute to discover the progress of genius, through all its different degrees of improvement, from extreme simplicity, to whatever height we shall happen upon examination to find it, amongst this people; and from thence we shall be able to judge, what further improvements it might have received, had the same happy circumstances concurred in its favour, to which other languages, whether living or dead ones, have owed their success. An agreeable inquiry, surely! and one would think not displeasing, even to the inhabitants of the lowlands of Scotland, who have always shared with them the honour of every gallant action, and are now first invited to a participation of their reputation for arts, if that too shall be found, on an impartial scrutiny, to be justly claimed by them.

Nor need it surprise any one, that this genius should be found among a people so remote from the commerce of nations famous for arts and sciences, and now relegated to an obscure, neglected corner, who considers, that the CELTIC nation, of which they are a small, but precious remain, once diffused itself over a great part of the globe. From its

bosom

bosom have issued the conquerors of Rome, the planters of Gaul, Britain, Ireland: still found subsisting in this last, in Wales, in some parts of Spain, and along the coast of France; once great and flourishing in Asia: and peculiarly distinguished, in having one of the holy epistles of the great Apostle of the Gentiles addressed to them. A people so extensive and numerous, could not fail of having made considerable improvements amongst them, though many of their monuments are lost, and the greatest monument of all, the language, entirely neglected.

It would be agreeable, to trace the progress of their genius as far as it is now possible to discover it, through all its modifications and changes: to observe what different tinctures, as one may say, it has received, from the many different climates, people, and customs, through which, as so many strainers, it has passed. But as this is a work of a much longer detail than can be executed in this place, we shall leave the further prosecution of this notion, to a more favourable opportunity. We cannot however but testify our surprise, that in an age in which the study of antiquity is so much in fashion, and so successfully applied to so many valuable purposes, whether religious or civil, this language alone, which is the depositary of the manners, customs, and

notions of the earliest inhabitants of this island, and consequently seems to promise, on an accurate review of it, the most authentic accounts of many things useful for us to know, should remain in a state, not only of total abandon, but, which is more astonishing, in an age so happily distinguished from all others, for freedom of thought, love of knowledge, and moderation, this people and this language should be alone persecuted and intolerated.

As for what concerns the following poems, and their author: As they are published in the *GALIC* language, only those that understand that tongue, are competent judges of them; and he submits them to their censure and indulgence; all his ambition being, to approve himself a lover of his country, and an inoffensive man.

For the more easy perusal of this work to those who are not expert in reading the language, though perhaps their mother-tongue, the following general rules are laid down, called by our grammarians the pronunciation of the secondary mutes. *bh* is always pronounced as a v consonant: as, from *Brú* (*a belly*), *Do bhru* (*thy belly*), must be read as if written *Do vru*. *ch* as the Greek *χ*, or as the Scots pronounce the *ch* in the words *character* and *chaos*: as, *Mo chlann* (*my children*),

children), must be read as if written Mo χ lann. dh before a vowel, whether in the beginning or middle of a word, has the same pronunciation with y. So, Dhosan (unto him), and Gradhach (tormenting), must be read as if written Yosan, Craya χ . fh is never at all pronounced. So, O fhir ! (O man!), Fhuil fein (his own blood), must be read O 'ir ! 'uil fein. gh is commonly pronounced as dh: so that these two letters are often used indifferently. mh is pronounced as a v consonant. So, Mo mhallaclh dhosan (my curse unto him), must be read, Mo vallax χ d yosan. ph is always pronounced as in the English. sh is pronounced as h alone, though s be commonly equal to the English sh. So, Sean (old), is to be read, Shean: but when the sense is changed, as if one was saying, O a shean duine ! (O old man!), the s is not to be pronounced, but read as if written O a hean duine ! But being (as we call it) the possessive letter, it must always be used. th has the like pronunciation. So, A theine loisgich ! (O burning fire !) must be read A heine loisgi χ .

It is likewise to be observed, that s loses its sound after t. So, Feadh an tsaoaghail (through the world), is to be read, Feay an taoyail. And also all the vowels that have this accent (') above them are to be pronounced

iced long, in whatever part of a word it may occur.

No pains have been spared to render the language as plain and intelligible as reasonably can be expected. And in order to make the force and sound of the syllables approach as near as possible to that of the English, and to the more usual pronunciation of the generality of the highlanders, some quiescent letters formerly used in the Galic are thrown out; letters are frequently transposed; and some are changed, especially in words whose terminations are bh, instead of which, n and on are commonly used. As these innovations are intended for obtaining the ends above mentioned, it is hoped none will take them to be any trespass upon grammatical rules.

De AUCTORE testimonium.

O ptine quem tellus genuit montana poeta,
Zoilus (euge!) tuum memo momordit opus.
Quis negat antiquam patriæ splendescere linguam
Ingenii mirâ fertilitate tui?
Te licet cripiat fatum, tua fama manebit,
Atque tuas laudes secla futura canent.
Græcia Mæsonidem jaëtat, Latiomque Maronem,
Tu quoque Montanæ gloria gentis eris.
Macdonaldorum cognomine nate vetusto
Nobilium, vates ingeniose, vale.

D. M——.

An CLAR-INNISEACH.

Taobb.

M Oladh an ughdair do'n tsean cháoin Gbailic	1
Guidbe, na urnaidh an ughdair, do'n Cheol-	
rai	7
<i>Moladh Moraig</i>	—
<i>Mio-mholadh Moraig</i>	—
<i>Oran an tSamhraidh</i>	—
<i>Oran a Gheamhraig</i>	—
<i>Oran na Fineacha Gaidhealach</i>	—
<i>Oran nuagh</i>	—
<i>Moladh air piob mhóir Mbic-cruimein</i>	65
<i>Oran rioghail a bhottuil</i>	—
<i>Sult-ain-tfliucair</i>	—
<i>Oran a rinn duin'-uaful d'a chéile, &c.</i>	94
<i>Oran-luaigh no fúcaidh, &c.</i>	—
<i>Oran Mhorbhair Mbic-Siomoin</i>	—
<i>Oran do Ranull óg Mac-Mhic-Ailen, &c.</i>	109
<i>Oran a rinneadh a bbliaghna 1746</i>	—
<i>Oran nam bodach</i>	—
<i>Oran árrait</i>	—
<i>Oran do'n gairir am breacan uallach</i>	139
<i>Oran úr</i>	—
<i>Oran Bachoil</i>	—
	<i>Marbhrainn</i>

<i>Marbhainn do pheata Colum</i>	—	15
<i>Marbhainn na h Aigionnaich'</i>	—	15
<i>Oran do 'n gairir Tinneas na h urchaid</i>	—	15
<i>Oran air fean aois</i>	—	16
<i>Marbhainn Ri Tearlach I. le Montrose</i>	—	16
<i>Le Montrose an uair bha e-fein fa bheinne báis</i>	—	16
<i>Le Montrose do 'n pharlamaid, eidir-Itheangaicht'</i>	—	
<i>le</i> —	—	16
<i>Oran do 'n gairir an Airce</i>	—	17
<i>Moladh a Chaimbeulaich dhuibh</i>	—	18
<i>Camb-radh, mar go b' ann eider coraid agus</i>	—	
<i>nambaid an Uisgebbheatba</i>	—	19

A I S -

A I S - E I R I D H

N A

Sean Chánoin Albannaich ;

N O,

An nuadh Oranaiche Gaidhealach.

Moladh an úghdair do 'n tsean chánoin Ghailic.

GUR h i 's crioch árrait
Do gach caint fa 'n ghréin,
Go 'r smuainti fhásor
A phártachadh ri chéil' ;

Ar n intinnin a rúsgadh,
Agus rún ar crí,
(Le 'r gniomh, 'f le 'r giúlan,) Súrd chuir air ar dí.

'S go laoigh ar beoil
A dh' iobra Dhia na 'n dúl,

A

'S

'S i h ard chrioch mhór,
 Go bi toirt dōsan clu.
 'S e 'n duine féin,
 'S aon chréatair réasont ann,
 Go 'n d' thug toil Dé dh'a,
 Gibht le bhéul bhi caint :
 Go 'n chum e fo,
 O 'n uile bhrúid go léir ;
 O ghibht mhór phriosoilis',
 Dheilbh na fomhaidh féin !
 Nam beirte balbh e,
 'S a theanga marbh na cheann,
 B' i 'n iargoin shearbh i,
 B' fhearr bhi marbh no ann.

'S go h ioma cánoin,
 O linn Bhabel fuair
 A' sliochd sin Adhamh,
 'S i Gháilic a thug buaigh.
 Do'n labhradh dháicheil,
 An urram árd gun tuairms',
 Gun mheang, gun fháillinn,
 Is urra cách a luaigh.
 Bha Gháilic ullamh,
 Na glóir fior ghuineach cruaigh,

Air

Air feadh a chruinne
 Ma'n thuileich an Tuil-ruagh.
 Mhair i fós,
 'S cha teid a ghlóir air chall
 Dh' aindeoin gó,
 Is mio-rúin mhór na 'n gall.
 'S i labhair Alba,
 'S gallabhodaiche féin;
 Ar flaith, ar priunnsai,
 'S ar diucanna gun éis.
 An tighe comhairl' an Righ,
 'Nuair shuigheadh air béisín' a chuírt,
 'S i Ghailic líobha,
 Dh' fhuasgladh sruim gach cúis.
 'S i labhair Colum,
 Alloil a chionnmhóir,
 Gach mith, is maith,
 Bha 'n Alba beag is mó.
 'S i labhair gaill, is gaidheil,
 Neimhchleirich, is cléir,
 Gach fear is bean,
 A ghluaiseadh teang' am béul.
 'S i labhair Adhamh,
 Ann a phárrais féin,

'S ba shiubhlach Gáilic

O bheul álainn Ebh.

Och tha buil ann !

'S uireasach gann fa dhír,

Gloir gach teanga

A labhras caint séach i.

Tha Laidiunn coimhliont',

Torrthach, teann na 's leoír ;

Ach sgalog thráilleil

I do 'n Ghailic chóir.

Sa 'n Athen mhoir,

Bha Ghréigis córr na tím;

Ach b' ion d'i h ordag

Chuir fa h ór chrios grinn.

'S go mín, slim, boidheach,

Cuirteil, ró bhog líobh',

An Fhraincis lóghar,

Am pailis mór gach Ríogh ;

Ma thagras cách orr',

Pairt d' an ainbhífheich' féin,

'S ro bheag a dh' fhágas

Iad do dh' agh na tré.

'S i 'n aon chánoin

Am béul na 'm bárd 'f na 'n éisc,

'S fearr go caineadh,
 O linn Bhabh fein,
 'S i 'f fearr go moladh,
 'S a 'f torrthunnaiche gléus,
 Go rann no laoidh,
 A tharraig gaoth roi' bhéul.
 'S i 'f fearr go comhairl',
 'S go gnomhach chuir go séum,
 Na aon teang' Eorpach,
 Dh' aimhdheoin bósáid na 'n gréug.
 'S i 'f fearr go rosg,
 'S air chosamh a chuir duain ;
 'S ri cruaigh uchd cosgair,
 Phrofnachadh an tluaiigh.
 Ma choinne bár,
 'S i 'f tábhachdaich bheir buaigh,
 Go toirt a bháis
 Do 'n eugcoir dháicheil chruaigh.
 Caint laidir, ritheach,
 Is neimhliotach fuaim ;
 'S i seadhoil, sliochdor,
 Brioscghlorach, mall, luath.
 Cha 'n fheim i iasad,
 'S cha mhó dh' iarras uath' ;

O 'n tsean mhathair chiatoch,
 Lan do chiadamh buaigh !
 Tha i-féin doannan,
 Saibhir, maoineach, slán ;
 A tighean-taisce,
 Dh' fhoclabh gasda lán.
 A' chánoin, scappach,
 Thaippi, bhlasta, ghrinn !
 Thig le tarstar
 Neartor, o beul cinn.
 An labhairt shíolor,
 Líonor, 'f mílteach buaigh !
 Shultor, bríoghor,
 Fhíorghlan, chaoi nach truaill !
 B' i 'n teanga mhilis,
 Bhionfhoclach, 's an dán ;
 Go spreigeoil, tioram,
 Ioroltach, 'f i lán.
 A chánoin cheolor,
 Shóghor, 'f glórmhor blas,
 A labhair móirshliochd
 Scóta, is Gaidheil ghlais.
 'S air reir Mhic Comb,
 An t ughdar mór ri luaigh !

S i 's freamhach óir,
S ciad ghrámaир gloir gach fluaigh.

Guidhe, no urnaigh an ughdair, do 'n Cheolrai, &c.

A Cheolrai mhór tha 'n tamh go h árd,
Seallamh a níos ;
Nach cluinn sibh ar daltan air lar,
Ag atach a chios ?
E lúdhadh a ghlún' ris a pháirc,
S a shuilin a suas,
G afnachadh uirasán báird,
Gun cháird a nuas.
Laoigh a bheoil le criodha tiom
O' an iobuirt go cruaigh :
Freasdlabh do 'n altair 'f an tím ;
Diolabh dh'a duais.
A naonair, inghinn' Jupiter áird,
S Mhenemhosene chaoimh ;
Séidibh m' aignidh le 'r piobanabh áidh
S deilbhim meadrach nach claon.
A Chlio, mhaiseach, thaobh barrachd t aos,

'S do bhreth roimh chách,
 Cha 'n iarram d' a d' bhuaghans' ach braon,
 'S bi'dh m' achoini páit.
 Urania, tilg chugam d' a d' stóir,
 Na dh' fhosglas mo bhéul,
 Sgaoil mo ghlasan le t eochraichin óir ;
 Taisbein do dhéirc.
 Chaliope, a reil-iuil na'n duan,
 Réitich mo shnuim ;
 'S cuir facaill thoite, ghéur, chruaigh,
 Go luath nam chuim.
 Euterpe a bhertis na rann,
 An amalaidh ghrinn,
 Locair go snasda gach siolladh d' am chaint ;
 M' fhaobhar 's mo rinn.
 Erato, a chiste na maoin,
 Fileonta deas, gleus mo mheòbhair,
 'S thoir dhomh d' a d' thaifg,
 No dh' fonus treis.
 A Mhelpimone, air m' uireasbh fóir,
 As t uluidh lán mhaoip ;
 O 'n dh' fonus lium páirt do 'n th' agad do
 chórr,
 Cha bhi m' achoinin daor.

A Herpscicore, a mhuime na'n duan,
 'S páirt do chuile na frí,
 Cuir crambos taitneach nam chluais,
 Am bi cruas agus brígh.

A Pholihimnia, 'f gealachraicneach cruth,
 Go tu 'f oige 'f an tsreath,
 Do chomoradh milis, fileont seach stuth,
 Sirim go feth.

A Thalia, le t ola ro thlá,
 Suath roithin mo ghléis ;
 Lig siubhal is gluasad le t fhaobhar 'f le t ádh,
 Go labhairt d' am bhéul.

Appollo, tha m' intinn chomhrag,
 Ri speilg do chreig ;
 Fags' i gun dail, sothluibte mar ghad
 Coiniulach bog.

A Mhinerbha, oide na sgol,
 'S a chéidse na fil ;
 Cuir aon dusán facall am char,
 'S tuilleadh cha fir.

Na tugabh dhomh saothair ni glagan 'f a
 chluais,
 'S do thuigse bhio's fás ;
 Mar chaochcnuasaich cruinn a ni fuaim,

Gan eitiann na lár.

Gabhaidh sibh-pféin, go h ard ar staid,

Ri íobairtin beag,

Nochdaidh mise mo chomus go lag,

'S éugcoir mar creid.

Tha spérin mo chomuis, cumhung na 's leoír,

Go farsaing mo mphíonn,

Go balla thogail ar sté cho'-mhór,

'S clach-shnaite d' am dhí.

Caint-shnasda d' am dhí, go straichte mo
thoil,

Tha me falamh do sgil ;

'S ni gun suibaint ealain gun sgoil,

Air suibsec mar mhil.

Gur h aimhgheur mo phenn, 's neamhscait-
each mo bhil,

Mo cheann cha mhol ;

Mo phaipeir is m' inc tha iad lán do chron,

'S uireseabhdh sin.

*Moladh Moraig. Air fonn Piobaireachd.**Urlar.*

S Truagh gun me 's an choill
 'Nuair bha Moraig ann,
 Thilgimit na crainn
 Co ba bhóich againn :
 Inghinn a chúil doinn,
 Ar a bheil a loinn,
 Bhimit air ar broinn
 Beadh na rósánan ;
 Shreugaimit sinn-shín,
 Mireag air ar blíon,
 A buain shobhrach míonbhui
 Ta cósagan :
 Chennimit ri strí
 Thaoghlaimit 's an fhri,
 Chaillimit sinn-shín
 Beadh na strónagan.

Urlar.

Suil mar ghoirmidhearc driúchd
 An ceo mhaidin ;
 Eirg' is gil' na d' ghnúis
 Ar bhla óirfeidin.

Shuas choi'-min ri plúr ;
 Shios garbh mo chuluidhchiuil ;
 Crian na plaineid coúrs,
 A measg oighiannunn ;
 Réulla glan gun smúir
 Measg na rionnag-uill ;
 Sgathan-maife air flour
 No bóichid u ;
 Ailliugan glan úr,
 A dhallas ruisg go'n cùl ;
 Ma's ann do chriaghaidh ú
 'S abhar móir-iunaidh.

Urlar.

O' n thainig gné do thúr
 O m' aois óige dhomh,
 Nir facas créatair dhiu,
 Ba chomh-gfórmhoire ;
 Bha Malli 's dearbha caoin,
 'S a gruaigh ar dhreach na'n caor ;
 Ach caochlaideach már ghaoi,
 'S i ro óranach ;
 Bha Pegi fad an aois,
 Mar bhith sín b' i mo ghaol ;
 Bha Marsaili fíor aottrom,

Lán neonachais ;
 Bha Lili a taitne riùm,
 Mar bhith a ruisg bhi fiunn ;
 Ach cha ba shá buirniunlaid,
 Do 'n Mhoraigs' iad.

Siubhal.

O ! 's coma lium, 's coma lium,
 Uile iad ach Mórag ;
 Rioghainn dheas chulach
 Gun uireasabh fòlum ;
 Cha 'n fhaidhir a tiunnail,
 Air mhaife no bhunait,
 No 'm beusamh neamchumonta,
 Am Muile no 'n Leoghus.
 Go genmni deas furanach,
 Duineoil gun mhórchuis ;
 Ar thaogha na cumachd,
 O mullach go brogamh ;
 A néul tha neamhchurri,
 'S a h aignidh ro lurach ;
 Go bríodalach, cuireideach,
 Urramach, scolta.

Siubhal.

O guiliugag, guiliugag,

Guiliugag

Guiliugag Morag !
 Aice ata chuluidh
 Go cuiridh na 'n óigfhear' ;
 B' é 'n t aidhir 's a fulos,
 Bhi sínte ri t ulaidh,
 Seach daonnan bhi fuireach
 Ri munuran pósaidh.
 D' am phianadh, 's d' am ruagadh,
 Le buairidh na feola ;
 Le aislingin connain
 No colna d' am leonadh ;
 'Nuair chidhinn ma m'choinnimh,
 A ciochan le coinnil,
 Theid m' aignidh air bhoilich,
 'S na theine dearg fólais.

Siubhal.

O fairigan, fairigan,
 Fairigan Morag !
 Aice ata chroiteag
 As toite 's 'n Eorpa ;
 A ciochan geal criostoil,
 Na faice tu stoit' iad,
 Go 'n tairnidh go beagnair',
 Cenn-eaglais na Róimhe.

Air

Air bhuige 's air ghile,
 Mar lili na lónan ;
 Nuair dheana tú 'n dinnidh
 Go 'n cinnidh tu deonach ;
 An deirgiod, an grinniod,
 Am minead, 's an tinniod ;
 Go 'm b' ásainn chur spionpaidh,
 Agus spioraid a feoil iad.

Urlar.

Thogaimit ar fonn,
 Anns an ógmhaidinn ;
 S Phebus 'dath na 'n tonn,
 Air fiobh órensin ;
 Ó a'r céisil cha bhiodh conn,
 Ar sga' dhoir' is thom,
 Sínn air daradh trom
 Le 'r cuid gorraileis ;
 Direach mar go 'm bíodh
 Maoiseach 's boc a frí,
 Cromrúaig a cheile dían
 Timchiull óganan :
 Chaillimit ar clí
 Ag gairechdich linn-shín,

Le bras mhacnas dian sin
Na h ógalachd.

Siubhal.

O dastram, dastram,
Dastram Morag !
Rioghainn bhoi bhaistalach,
Leacruiteach rósach ;
A gruaidhin air lafadhb,
Mar an lafairchlach dhaite,
'S a deud mar a sneachda,
Cruinn-shnaite an dlu órdo.
Ri Venus chomh-lachdor,
An taitneachdainn fheolor ;
Ri Dido cho'-maisich,
Cho'-sínasor 's chomh-córr r'i ;
'S e thionsgain dhomh caithibh,
'S a laodaich mo raithin,
A bhalla ghrinn ladhach,
Chuir na gaithionsa m' fheoils'.

Siubhal.

'S mar bíthinn fa ghlaasmh,
Cruaigh phaisgte le pósadh,
Dh' iobrainn criogha mo phearsann,
Air an altairse Moraig ;

Go 'n liobhrain gun airsteal,
 Ag stóilibh a cas e ;
 'S mar gabhadh i tlachd dhiom,
 Cha b'f had a sin béo me.
 O 'n urrum, an urrum,
 An urrum, do Mhóraig !
 Cha mhor nach do chuir i
 M' fhuil uile as a h órdo ;
 Go 'n d' rug orra ceumtuiflidh,
 Fa iomachd mo chuislion,
 Le teas is le murtachd,
 O mhochthra Diadomhnaich.

Siubhal.

'S tu réulla na 'n caillion,
 Lán lainnir gun cheo ort ;
 Fior chomhnart gun charraid,
 Gun arral, gun bhéolam ;
 Choi'-min ri cloigh eala,
 'S choi'-geal ris a ghaillinn ;
 Do shengshlios séamh fallain,
 Thug barrachd ar móran.
 'S tu Bainriogh na 'n ainir,
 Cha sgallais an cónhradh ;
 Ard foinni na d' ghalla,

Gun bhallart, gun mhórchuis ;
 Tha u coimhliont na d' bhallamh,
 Go h insgineach athlamh ;
 Caoin, mechire, farast,
 Gun fhathrom, gun rópal.

Urlar.

B' fhearr go bithinn sgaoilt'
 As na córdamhsa,
 Thug me tuilleadh gaoil
 A's ba chóir dho' dhuit ;
 Go d' thig fa dhuine taom,
 Go droch ghniomh bhio's claon,
 Cuirreadh é cruaigh-shnuim
 Air o 'n ghórraich sin :
 Ach thug i so mo chiall,
 Uilc uam go trian ;
 Cha 'n fhaca me riabh
 Tiunnail Móraigs',
 Ghaid i uam mo chrí,
 'S shlad i uam mo chlí,
 'S cuiridh i 's an chill,
 Fa na fódamh me.

Siubhal.

Mo cheist agus m' ullaidh

Do

Do 'n chonnairec me d' fhéors' u,
 Le d' bhroilleach gealthuireid,
 Na mullaichion boidheach ;
 Cha 'n fhaidh me do dh' fhurus,
 Na ni mionaid uat fuireach,
 Go d' tha buarach na dunach
 D'am chumail o d' phósadh.
 Do bheul mar an tsirist,
 'S e milis ri phógadh,
 Choimhdearg ri bhermillion,
 Mar bhileagan rósan :
 Go 'n d' rinn u mo mhilleadh,
 Le d' Chupid d' am bhioradh,
 'S le d' shoidion caol biorach,
 A rinn ciothrram fa m' chóta.

Siubhal.

Tha me ian mullaид,
 O 'n chonnaig me Morag,
 Chomhtrom ri cloch-mhuillinn,
 Air lunnabh d'a séoladh :
 Macsamhailt na cruinniaig,
 Cha 'n eil anns a chruinnidh ;
 Mo chrí air a ghuin leat,
 O 'n chonnaig me t órchul

Na shlamagan bachullach,
 Casurlach, córnach ;
 Go fainneagach, cleachdagach,
 Dreachtluach, glórmhor ;
 Na reullagan cearclach ;
 Mar usgruichion dreachor,
 Le fudar 's an fhason
 Grianlasda, ciabh órbhoi.

Siubhal.

Do shlios mar an canach ;
 Mar chainéal do phogan ;
 Ri Phenix cho'-ainnibh ;
 'S glan lainnir do chóta :
 Go múirneneach banoil,
 Gun árdan gun stannart ;
 'S i córr ann an ceneal,
 Gun ainnis gun ótus.
 Na faichte mo leannan
 'S an mhathshlogh Diadómhnaich,
 B' i coltas an aingil,
 Na h earradh 's na cómhradh ;
 A pearsá gun talach
 Air a gibhtin tha barruichd ;
 A'n, ti dh' fhág u gun ainimh,

rinn do thalamh rud boidheach.

Urlar.

Tha saoghal lan do smaointinin feolar,
 Mamon bi'dh d'ar claoanadh
 Le ghoisnichion ;
 A cholunn bheir oir'n gaol
 Ghabhail go ro fhaoin,
 Ar striopachas, air craos,
 Agus strotholachd :
 Ach cha do chreid me riabh
 Go'n do sheas air fliabh,
 Ion te bha choi'-ciatoch
 Li Móraigs' ;
 Subhailcion 's a ciall,
 Iar go 'm biodh baindia.
 Ceugh i crí am chliamh
 Le cuid órrachan.

Siubhal.

Ar comhairle na ceilibh or'm.
 Diod eile a h eir no ni me ?
 Ia 'n rioghainn ba tearc ceileireadh,
 Sheinnedh air an fhídeig ;
 Ia 'n fhaidhir a leï't eile so,
 Ar tior-mór no 'n oilenibh ;

Coimhiumlain,

Coimhiumlain, 's coimheireachdoil,
 Coimhteiridneach, 's coimhbiogoil.
 'S ni cinnéach gur ni deireasach
 Mar ceilir so air Síona,
 Me thuitim an gaol leathphairteach,
 'S mo cherenion am dhiobhail ;
 Cha 'n eil do bhúrn a Seile sid,
 No fhneachd an Cruachan eilideach,
 Na bheir aon fhionnachd eiridneach
 Do 'n teine a 't' ann am ínsgin.

Siubhal.

'Nuar chuala me ceol leudanach
 An fheadain a bha 'g Moraig,
 Rinn m' aignidh damhsa beudarach,
 'S é freagra dh' á le sólas ;
 Séamh úrlar, sochdair, leudurra
 A puirt, 's a meoir a breabbadaich ;
 B' e sid an oirfeid euggurra,
 Do 'n bhéus na creuga móra.
 Ochóin ! a feadan baileugach,
 Cruaigh sgailleugach, glan céolor,
 Nam bionn-phort stuirteoil trileonta,
 Ré mindhíonach, bog ró chaoin ;
 A mársal comhnart staideoil sin,

S e lúthor grafar caismichdeach ;
 ior chruinnluath, brisg, spalppara,
 a clialú braschaoin sporsoil.

Siubhal.

Chinn próis, is stiurt, is sprachdolachd,
 m ghuais 'nuair bheachdaich guamag,
 feinn an fheadain ioroltaich,
 ard iolach ann am chluasabh ;
 suain-cheol, siota mireneach ;
 fearstoirmeil, poncoil, mionaideach ;
 a b' fhoirmeile nach firedhmit,
 r mhirid ri h uchd tuasaid.
 'm buille meoir ba lommorra,
 o pronnadh a phuirt uairich !
 na h uilt ba luthor cromaidhin
 r thollabh a chrainn bhuaighaich !
 un flaoimidheoirich, gun ronnaireachd,
 isg, tioram, sochdair, collaideach ;
 eal-lúdag na 'n gearracholluinnin,
 a craplú, loinneoil, guanach !

Urlar.

Chaifgimit ar n iot
 : glain fhíon a sio,
 bhuaillimit go dian

Air

Air gloir shíobhalta ;
 Tuilleahd cha bhiodh ann,
 Gos an tigidh am,
 A bhi cluich air dam,
 Air na tíodhan sin :
 Dh' ólaimit ar dram,
 Dh' fhógradh uainn gun tainc,
 Gach ní chuireadh maill
 Air bhi míogchuiseach ;
 Maidh'dean na'n ciabh fann,
 Shniomhanach na 'n clann ;
 Mala chaol, dhonn, cham,
 Channach, fhíonolta.

An crúnluath.

Mo cheann tha lán do sheillenibh
 O dheilich me ri d' bhriodal ;
 Mo shrón tha stoipte a dh' elebor,
 Na deil, le teine dímbis ;
 Mo shuillion tha choi'-deireasach,
 Nach faic me gné gun telescop,
 'S go d' bhiodh méadachd beinnidh ann
 'S ann h eirinn gur a fríd é.
 Dh' fhalbh mo chédfí corporra
 Go docharach le bruadar,

'Nuair shaoil me fortan thorchairt domh,
 'S me 'm thorroichim air mo chluasaig :
 Ar dusgadh as a chaithrem sin
 Cha d' fhuair me ach ion failéus d'e,
 An ionad na maoín bearraideach
 A mheal me go seachd uairion.

Ach, ciod thug me go glan fhaireachadh,
 Ach carachadh riön Cluanag :
 'S co so, o thus, ba Mhorag ann,
 Ach Siona an órfhuit chuachaigh ;
 'Nuair thûr i go 'n do lagach me,
 S go féimin rag chuir stalcaidh ann,
 Go 'n d' rinn i draoidheachd-cadoil domh,
 Rinn cruaigh fíor rag d' am luaidh'.
 Bha chleasachd sa choi-fíonolta,
 S coimhinn leachdach mancuajrt d'i,
 Nach faodainn shín thaobh siobholtachd,
 Gun dligheadh crion thoirt uam dh'i ;
 Go 'n thiuntaidh me go h ordoil r'i ;
 S go 'n shaoil me go 'm b' i Mórag i ;
 S go 'n d' aifig me na pogan d'i,
 S cha ro' d' a coir dad uaith'.

Mio-mholadh Moraig. *Air fhonn an cheudna.*

A Mhuideortaich dhuidh dhána
 Na geurfhocail,
 Sguir do d' bhurt 's do d' tálmhagadh
 Pleideasach ;
 Támh do d' sgeig dhíom trá,
 'Neo rigim Ailen Bárd,
 'S gach fili go bheil cás
 An Duineadann diom ;
 Bheir iad ort go sgáin,
 'S go fail u uil' o d' chnaimh,
 Na d' mhaol-lóbhran granna
 Maol déistinneach ;
 Sin an duais atá
 Agadsá na d' ghrádh,
 'S na d' mholaigh magoil bá
 A bhalaoich bhéulfharsuing.

Urlar.

'S maith gun bhith 's an choill,
 'Nuair bha Morag ann ;
 A bhainpheacach sin gun loinn,

Lán do dh' fhotus int' ;
 An dubhfhaclach guin sgoinn,
 'S a subhailecion ar foill ;
 A caoin, 's a h aascaoin roint',
 Lán do ghóisnichion ;
 Ma ghabhar i mar chí,
 Tha sgeamh amuidh gle líobh ;
 Ach, fa sin tha míltion
 Do dhóibhertion :
 'S coimhlionor car na crí,
 'S fear tha air a tí,
 'S míín mhachraichion na rioghachd
 Do nóinenibh.

Urlar.

'S ioma craobh 's an choill
 Tha fior loineagach,
 Blath is cairt a crainn
 Go fior fhóghraghach ;
 Ach gearr i sios gun mhaill,
 'S fiach i as a broinn,
 'S gheibh u fioclan-goir'
 Agus cóson int' :
 Cha dean saor go brách,
 Féum d'a bun, no bárr :

Flui chríon gun stá,
 B' i an t olc boigheach i ;
 Leagar i gun dál,
 Spealltar i air blár,
 'S loisgir i go fás i
 Na beoghriosaich.

Urlar.

Shaoil me go ba mhoidiunn
 A Mhorags',
 An Sírens' a rinn m' fhoill
 Anns na fronagan ;
 An té s' a bhá na troit,
 Ri mile fear man d' rinn
 Mise, 's an cheart oich ad
 Dad cómhraidh r'i ;
 B' iad rionnagan an áigh,
 Fa'n d' rugadh mise blá,
 Nach deachas fad air raidin
 No feola l'é ;
 'S milteach fear a cháigh,
 Go nach d' fhuaír iad páist :
 Feur cha chinn go brách
 Air na mor-raidin.

Siubhal.

Siubhal.

An apa ghéarr bheagnarach, reagarach, leomach ; arracaideach, dhreigeiseach, isgeulach, dhólach ; atlachdor, sgeigeiseach, amparach sheùsgchorpach ; anntach air fleasgaichion eudfhaclach, ghódoch. airneag ghorm, bhálltartach, innartach, róiceach, trioscghlórach, apartach, angaideach leoicéach ; uasul na barail, gun int' ach fior cháileag, foir a breatha fiot shálach, Fhaillein an ótraich.

Siubhal.

Cruinn aodann a mhuncí crupadh ri chéile ; uilin ar lasadh laisidh na 'n éillion, a cailidair prabach, a mhala, gun rasg orr ;

'S a h urla lán chlaision,
 Go caisfreagach féitheach.
 Craiciunn a ciobhuill
 Ar a righ go h éidich,
 Mar laoighdean ar cómblaidd,
 Fior neonach a speuthar :
 A ceanna'igh uile neamhthaitneach,
 Lán do mhíó-loinn mio-thlachdor ;
 'S a h anail air malcadh
 Le brachan a déudaich.

Siubhal.

Brú thana mar dhruma,
 Neamhchulach air séididh ;
 Chomhcraugh ris an unga,
 Gun chumachd air bréine ;
 A da chiarsporan fhalamh,
 Mar chochuill da mharaig,
 Air son chioch ag an arrachd,
 'Siorsan-galoir d' an teumadh.
 Corp uinsin gun soltachd,
 Mar go locradh tu déile ;
 Choimhтиoram ri cloffaich ;
 No sean osnach air sgréubhadh ;
 'S bi'dh rúbail, is roccuil,

a dhoire na h oiteig,
iumghaoth na 'n cnocan
a bhotamh na céire.

Urlar.

Ciod e fo chuir am cheann
pladh Moraigs' ?
striopach ceal na n crann,
heall am dhochus me ;
ball i me le caint,
chlár i me gun tainc,
> 'n shaoil me nach ro' anns
Roinn-eorp ach i ;
ch fuair me solus úr,
nuit lannan far mo shúl,
gap 's a sgoil, gach dúbhradh,
gach ceothoireachd ;
'idir me bhean bhréun,
fior dhaithibh pféin ;
mairg neach nach dean streup
an fheolorachd.

Siubhal.

Cochdshron neamhloinneoil,
fhoinn ar a h úrluinn ;
a pluicion gorm, goilleach,

Garbh,

Garbh, doireach, le mûruich i
 A bheuddugag choireach ;
 'S fior bhéudag na clainne,
 A fuair a h arach 's a h eilean
 A sgoil-deilis na siursachd.
 Poll-búiridh nam balaoch,
 Ann an caithrem na dámhair,
 'S ioma siol chaith na d' chroits',
 Go nach loitichir bárr dhith ;
 Cha chinn coinneach no toradh,
 Ma chloich bhi'or a roladh ;
 O 'n sguir mise d'a d' mholadh,
 Duisgim donus no dhá dhuit.

Siubhal.

A bogadh nan togradh,
 Cha 'n obadh i míltin ;
 Bhi faircheadh a crottaig
 Air fodur b' e mílsein ;
 Dh' aithnit eibhnis, is fogan,
 Moran miogchuis, 's sodain,
 Na h urluinn bhric rochdaich,
 'Nuair dh' fhosglaid na brísnion.
 Na 'm biodh sár shodair
 Do bh—d—r maith dílis,

Na ghalop, 's na throtan;
 A rotadh a siothuill;
 Bhiohh Morag ro thoileach;
 Lán úgaig is goíthlitti;
 B' fhurust fhaicinn nach b' oil leá
 Bhi foithlidh a h súchdair.

Siubbáil.

Do dh' oírlíchion aorri
 Toimh'sim baobhag na 'n Gaidheal;
 Ó mhullach a baisté,
 Íos traiste g' a saílibh;
 A fliuch-shron phluccanach roidi,
 Le fean droch clap air groddadh;
 A falt gadmuinnach forcach,
 Óite doideach air éráiceadh;
 Ar pealladh, air stioradh,
 Air filidh, gun chíreadh;
 Eis na sporabh d'a spioladh,
 E piorradh na 'n íngnír;
 E ochd gathair a siridh,
 Órg 's blá anns gach innis,
 Ach fag ionad gun sgioladh;
 Cuile-gine na friotha.

Urlar.

Geart-mhattagan nan árd,
 Ordag bhréun-laodhrach,
 Le lorc-chuagan sáil-chuspach
 Déistinneach ;
 Dearg-ghagach na 'n cárn,
 Mhuthuirneach air crámh ;
 Lán ain-fheoil a da spáig
 Fa na sleishimh aic' ;
 Tarr breac, gobhlach, fás,
 Airníon a chinn áird,
 Fior shimileir na sgáth
 Air na h éabhlagan ;
 Garbh-ghaoisneach 's tiugh cárr ;
 Dubh-shradach gun státh ;
 Fior bhotrumaid na sárchaillion
 Beisteimhil.

An crúnluath.

Gaol an-abaich dona,
 Le soilis an dólais,
 Thug mise ann a's droch-uair
 Do rosad na h Eorpa ;
 Go b'fhearr lium mo chrochadh
 Ná dol anns na rochdabhs' ;

Mo riasadh ma m' lochdabh,
 S mo lotadh le dóruinn ;
 Na suathadh ri t fhallsachd,
 Thior chausair na rioghachd ;
 Mo ghlacadh a chlisgidh,
 Le d' riobachan mílteach :
 'S iad na bréugan bhi d' mholadh,
 Fáiche-bhoula na sgoil-fhear',
 Sun mhaoin glain' ann d' cholainn ;
 Cruaill thoileoil na míltion.

'S tú báinriogh nan cailean,
 A d' chal ag luchd diombais ;
 E daradh do phollaig
 O 'n cromadh tu síos doibh ;
 Ar árri go colluinn,
 'Ol ma oifinn do thollain,
 O dh' fhear air a tholladh,
 Air bhoil go gibht stríopaich.
 E t aillein mín sgonnan,
 Eth, foinni, 's e fíor-chruaigh ;
 Da dhoirneig chruinn loma,
 O dh' ion bollachan lion leis ;
 Tric bha giardharadh toman,

'S conachd fríd aír do dhonnaig :

'S dlu aíslinge connain

D'a d' ronnadh lç fílidh.

*Oran an tSamhraidh. Air fonn, Through
the wood, ladies.*

AN deis dho' dusgadh 's an mhaidin,
'S an deallt air a choill,
Ann a maidin ró shoilleir,
Ann a lagán bceag doilleir,
Go 'n cualas a feadan
Go leaddurra scéinn,
'S mac-talla na creugan,
D' a fhreagra brón bhínn.

Bi'dh am beiithe deaghbholtach,
Uroil dosrach nan cárn,
Ri mao-bhlás driuchd céteoin,
Marr ri caoin-dhéarsadh gréine,
Brúchdadhbh barraich roi' ghéugamh,
S an mhios cheatochfa Mháigh :

míos breac-laoghach buailteach ;
shainneach, bhuaghach, go dáir !

Bi'dh gach doire dlú uaigní
truscan uain' ump' a fás ;
i'dh an snobhach a díreadh
as gach fríobhaich a 's íse,

Loi' na cuißlinnín sniomhain,
o meadachadh blá :
uach, is smearach 's an fheasgar,
einn a leádaip nam barr.

A míos breac-uigheach, braónach,
reabhach, mao-rofach, aidh !
huirios sgeadas neamhthruailli,
ir gach áite d'a dhuaichneachd ;

dh' fhogairt sneachd le chuid fuachda,
gheur-ghruaim nam beann árd ;
ag mead egil roimh Phebus,
heid 's na spéirimh na smál.

A míos lusanach, mealach,
curach, faileneach, blá ;

'S é go guccagach, duilleach,
 Luachrach, dítheneach, lurach,
 Beachach, seilleanach, dearcach,
 Ciurach, dealltach, trom, tlá ;
 'S i mar chuirnennin diamond,
 Bhratach bhoisgeoil air lár !

'S moch bhio's Phebus ag óradh
 Ceap na mó-r-chruach 's nam beann ;
 'S bidh 's an uair sin le sólas,
 Gach ean bionnfhoclacl boidheach,
 Céumadh mearbhullion ceolar,
 Feadh phres, ógan, is ghleann ;
 A chorruil chuirteach gun sgreaddann,
 Ag pór is beadurrach greann !

'S an am tighin do'n fheasgar,
 Coimhfheasgradh aon am,
 Ni iad coimh-sheirm, sheamh, fhallain,
 Go bailleach, bionnghobach, alloil,
 A feinn go luichleasach daingiunn
 A measg uir-mheangain na'n crann ;
 'S iad fein a beichdil go foirmeil,
 Le toirm na'n organ' gun mheang.

Bídh gach créatair do laigid
 ol lé suigeort do 'n choill ;
 'dh an dreathunn go balcont,
 pirmeil, talccorra, bagont,
 ar chuir fáilt ar a mhaidin,
 e rifeid mhaisich, bhuig, bhinn ;
 agus róbin d'a bheufadh
 ar a ghéig os a chinn.

Gur glan gaill-fheadan richard
 feinn na'n cuiislinnin grinn,
 an bárr nam bilichion bláthor,
 an dos na lom-dharag árda,
 iiodh 's na glacagan fásaich
 cubhrai failidh no fion :
 d' phuirt thriolonta, shiubhlach,
 ronnar lúthor le dion.

Sid na pairt a 's glan gearradh,
 a 's ro eallonta roinn ;
 uireadh m' intinn go beadradh,
 alú t fheadain ma'n eadradh,
 am do'n chrodh bhi d'a leigidh,
 innis bheittir 's an choill ;

'S tu d' léig air baideil ri cionthár,
An grianan aonchasach crainn.

Bi'dh bradan seán-gmhear na fíor-uisge,
Go brisg, flinnleimneach, luath ;
Na bhúidhnné tárraighealach, lannach,
Go h iteach, dearg-bhallach, earrach ;
Le shoislein airgid d'a earradh,
'S mionbhreac lainnireach tuar ;
'S e-fein go crómgobach ullamh,
Ceappadh chuileog' le cluain.

A bhealltuin bhog-bhaileach, ghrianaich,
Lónach, lianach, mo ghráigh,
Bhainneach, fhinn-mheagach, uacrach,
Obhnach, lóinnideach, chuachach,
Ghruthach, shlamhanach, mhiosrach,
Mhiodrach, mhiosganach lán,
Uanach, mheannanach, mhaoineach,
Bhocach, mhaoiseach, lán áil !

O 's fíor éibhinn r'a chluintinn,
Fann-ghéum laoigh anns a chróth !

Go h úroil, míonbhallaich, áluinn ;
 Druim-fhionn, gerr-fhionnach, fáili,
 Cennfhionn, colgrasgach, cluais-dearg,
 Tarraigheal, guaineiseach óg,
 Go mogach, bogladhrach, fásor,
 'S é léim ri báirich na 'm bó !

A shobhrach ghealbhoi na 'm bruachag,
 Gur fannaigheal, sruaghóir, do ghnúis !
 Chinneas badanach, cluasach,
 Mao-mhín, bagonta luaineach ;
 Gur tu rós is fearr cruadal
 A ni gluasad a h úir ;
 Bi'dh tu t cideadh a 's t earrach
 'S cách ri falach an súl.

'S cúbhrai fáillidh do mhuineil,
 A chrios-chombhchuluinn na 'n cárn !
 Na d' chruinn bhabuidion ríobhach,
 Lóinneach, fhad-luirgneach, sglobhach,
 Na d' thoim ghiobbagach, drechmhín,
 Bharr-bhoi, chasurlach, árd ;
 Timchiull thulmasan diobhair
 'Fa'm bi 'm biadhíonain a fás.

'S go bi froinifín boisgeoil
 A thilgis foineal na 's leoír,
 Ar gach lúbhghort do neonan,
 'S do bharramh shaimmirin lóghar ;
 Marsain is leafachan soilleir,
 Do dh' fheuda-coille na'n cós,
 Timchiull bhoganan loinneoil,
 A 's tric an eilid d' an cóir.

'Nois treigidh coileach a ghuccag,
 'S caittein bruccach n an craobh,
 'S theid go mullach na fliabhchnoc',
 Le chirc ghearr-ghobaich riabhaich,
 'S bi'dh d' a suiri go cúnarteil
 Am pillimh cúlghorma fraoich :
 'S isé freagra le túchan.
 (Pihuhú tha u faoin.)

A choileich chraobhaich na'n gerr-sgiath,
 'S na falluinne duí',
 Tha dubh is geal air miosgadh,
 Go ro oirdheirc na t itich ;
 Muineal lainnireach, sgípi,
 Uaine, slis-mhín, 's tric crom !

Gob

Gob na 'm poncunnan milis
 Nach faicht a fileadh na ronn !

Sid an tururaich għlan, loinneoll,
 A 's árd coillioġ air tom,
 'S iad ri bururus seamh, céatoch
 Ann a feasgar bog céiteoin :
 Am bannal gel-sgirteach, uchd-ruagh ;
 Mala ruiteach, chaol, chrom ;
 'S iad go h uchd-ardach, earraigheal,
 Ghrian-dhearesgħi, dhruim-dhonn.

Oran a Gbeamhruidh. Air fonn, Tweed side.

T Harraig grian riogh na 'm plainéd 's na réull',
 Go sign chancer Diaceadaoin go beachd,
 riaghlas comhthrom ma 'n criochnaich ē thriall,
 a-mhios-déug na bliaghna ma seach ;
 ch gur h e an darra, Diafathurn na dhéigh,
 ghrianstad-shamhraidi, aondéug, an la 's faid ;

'S a sin tiuntaidh e chúrsa go séamb,
Go sef-ghrian a gheamhruidh gun stadh.

'S o dh' imeach é 'nois uainn mancuairt,
Go 'm bi fuachd oir'n go 'm pill e air nais,
Bi'dh gach aon la dol an giorrad go feim,
'S gach oiche do reir dol a fad :
Struighidh luibhion, is coill, agus feur,
Na fais-bheo ion-éuguidh iad as ;
Teichigh snodhach go friobhaich na 'n crann,
Suighfidh glaoghain an suigh-bheatha asteachd.

Seachdaidh géagan glan cúbhrai na'n crann,
Bha 's an tsamhradh trom-stráicht' le meas,
Go toirleim an toradh go láir,
Go sgriosair am bárr fár gach lios.
Guilidh feadain is créachuinn na 'm beann,
Sruthain chriostoil na'n gleann le trom sproc,
Caoi na fuarain ri meacuinn go'n cluinn :
Deoch-thunta na maoiseach 's na 'm boc'.

Luidhigh brón air an talamh go leír,
Go 'n aognaich na flébhí 's na cnoic ;

Grad dubhaidh caoin-uachdar na 'm blár,
 Fal-ruisgte, 's iad fáillinneach bochd.
 Na h eoin bhuchullach bhrec-iteach, ghrinn,
 Sheinnidh baisgeonta, binn, am barr dhos,
 Go 'n teid a ghlaib-ghoib ar am béul,
 Gun bhodha, gun téud, 's iad nan tost.

Sguiridh búirdéiseach sgiathach na spéir
 O' an ceileiridh grianach car treis,
 Cha seinn iad a maidnén' go h árd,
 Na feasgurain-chrábhach 's an phres :
 Codul cluthor go'n dean anns gach cós,
 Gabhail fasgadh ann frógamh na'n creg' ;
 S iad ri iuntrainn na 'n gathanan blá,
 Bhiodh ri dealaradh o sgáileadh do theas.

Cuirir daltachan frian-bhoi na rós
 Ar mhin-chioch na 'n óir-dhithein beag,
 Inion guccagach lili na lón,
 Na fluran, 's gheal nójinein na 'n eug :
 Cha deobhlair le beachainn na 'm bruach,
 Tróghaidh suarachd car cuairt iad na sgep ;
 S cha mhó chruinnicheas séillein a mhál,
 S thar gheal-úr-ros chrann garraidh cha srep.

Téarnaidh

Téarnaidh bradan, is sgadan, 's gach iasg
 O t iarguinn go fiaghrunt na'n loch ;
 'S go fan air an aigen dubh-dhonn,
 Ann an doimhneachd ná fonn is na flochd :
 Na bric tharr-ai-ghealach, earr-ghobhlach
 shliom,
 Leumadh mearradha, ri usgraichion chop,
 Nan cairtealamh geamhraidh go 'n támh,
 Meirbh, sábhach, o thímh u fa 'n ghlob.

Chas is ghreannaich gach tuluch, 's gach
 tom,
 'S doite lom chinn gach fireach, 's gach glac ;
 Go'n d' obhraich na síein' feoir,
 Ba lusanach, feoirneanach brat :
 Thiórmacha maodhunnan, 's ruaghaich gach
 fonn ;
 Bhéic an fhairrge 's ro thonn-ghreannach
 gart ;
 'S go 'n sgreitich an duldachd gach long,
 'S theid an camhlach nan long-phort a steachd.

Néalaich paircion is meadoir go bás,
 Thuit gach fásach, 's gach aite fa bhruid ;
Chiaraich

niaraich monaídh nan íosuil 's nan áird ;
neirig dathanan gráis agus gach luig ;
n' fhalbh a faileadh, a musga, 's a fonn ;
n' fhalbh a maíse far lompar gach buig ;
naidh an éanlai go caoithioran truagh,
seag, sméorach, is cuach, & druid.

fhraoich bhadanaich, ghaganaich úir,
am b' ola 's d' am b' fhudar a mhíl,
e bhlá ghrian do bhalet 's gach uar,
giollachd do ghruaige le sgil ;
am mhaidin thiughair 'nuair bhoisgidh a
ghnúis
bhuidhinnin driuchdach na 'n dril,
fhíor chúbhrai 's go'm b' éibhinn an smúid
dh' eiridh far chuirnein gach bil.

So'n theirig sudhtal'mhunn na 'm bruach ;
fhalbh an cruasach le 'n trom-lubadh flat,
nit an t ubhull, an t siris, 's a phéur,
fíreadh bodha ar a ghéig anns a bhad.
fhalbh am bainne o 'n eallach air chúl,
'm bi leanaba ri ciucharan bochd ;

'S go 'm pill a grian go sign thaurus nam
buagh,

'S tréun à bhuaghais, fuachd, & gort.

Theid a ghrian air a thurus mancuairt,
Do thropic chapricorn ghruamaich gun stad,
O'n tig ferrinn chruinn, mheallanach, luath,
Bheir a mullach na 'n cruaitichion sad ;
'S d——h 's crith le déisdin orr',
 A réicill as na h uaighibh.

'S líonor caochan cubhrai mear,
 'S bras shiublachain na t fhion-fhuil,
 Nach rig me leas bhi 'g urachadh,
 Scríobh úghdair síos do fhriobhach;
 Fuil Stiubhartach a Chrúin ad,
 Air a dúbladh na d' chorp príosoil;
 'S gach fuil a 's uaisle flúrana,
 Go léir 's fiu 's an rioghachd.

Gur Baroil a measg mhuccairion
 Nach bheil biadh mhuc 's an tfaoghal,
 A dh'fhágas comh-lom-luchdòr iad,
 'S échomh-fultor ri feoil dhaoine;
 Tha D——s' is a chuid U——c——n,
 Déis na mhurt e dh'uaislibh,
 Am muineil cho'-garbh sturronda,
 'S gur gann is urra tuagh unt'.

Tha scairteachd 'g glaodhach diubhultais,
 Ard dlú, mar bha fuil Abel,

O chreuchd na Mairteoir cliuiteach ad,
 Thig gort, is sgiurs, is pláigh oirbh ;
 Air gach ball do 'n t járy ad,
 A shuidh an cuirt d'an díteadh ;
 Gach fianais fhallfa dhúbuilte,
 Go sgiursar é trí-filte.

O ! 's garbh a dhiular fáist so,
 Air abhaichibh na 'n Réubal,
 'Nuair thig am P——sa flathachas,
 'S fearg chathanach na éadann ;
 Le faobhar a lann crathanach,
 Go sgathar síos go féur iad ;
 Bi'dh croich, is tein', is claidheamh r'ibh,
 Gun fhaidhidinn d' ar céusadh.

Car deas do 'n chuibhill bhasorsa,
 'S na fuilig ár na Críostui ;
 Thoir as an Epheid sglabhaich sinn,
 Go fonn Chanáan priosoil ;
 Air neo, sgrios Riogh P——sa,
 Le claidheamh, plaigh, is griosach ;
 'S cuir Maois is armaiti thábhachdach,
 Thoirt bairlinn d' a bheir cíos deth.

Tha sinne déis ar fáraiche,
 Ar náraich' 's móran sgíos oir'n ;
 An drábhag a t'air márruinn d'inn,
 Air feadh na 'n cárn air síothladh ;
 Le mhead 's tha dh'fhíobh ro'r naimhdibh
 oir'n,
 'G ar sealg a ghná 's na h ínseabhbh :
 Go 'n d' rinn iad tráille grána dh'inn.
 O Th——ch fair reliobha.

*Oran do Ranull óg Mac-Mhic-Ailen, Tigbearna
Cblannranuill, &c.*

MO chion na chonnraig me m' chadul,
 Ranull óg chaith linn do Shasgunn ;
 Marceach múinte na 'n steid brasa,
 Nach géarr fed no frann 's an bhaitteal.

Gur toil lium an Córneal flisgheal,
 Do 'n tigeadh na h aimh go sgippi ;
 Claidheamh, gunna, sgiath, is piostol,
 'S eileadh cruinn an cáradh sgiobult.

Leoghann

Leoghann guineach, calma, luineach,
 Tuil-bheim sgrios-mharbhach 's a ruaig u ;
 Beithir bhéumunnach 'n am fuathais,
 Phas a chúrs an Colaist cruadail.

Fuair u t fhadhairt anns na bláramh,
 'S a chruadal an cogadh Th——ch ;
 Chleachd u adhartachd na d' pháist',
 Gun suil do laghad air gábhadh.

Fá mo mhulaid 'bhi as t aoinis ;
 Ba mhiann lium bhi, faicinn t aodainn,
 Tha gun stoirm, gun fhéith, gun fhaoileach ;
 Urla chruaigh an uair na 'n caonnag !

Ba staiddeoil, neimh-ghriofagach t abháist,
 Ag gluasad go teine do námhad :
 Mo ghaol an céim sochdair, státoil,
 'S tu le sgairt a brosnadh marsail.

Cha ro' ailis ort ri ghraitín,
 Anns a chogadh ad Ph—— T——ch ;
 U gun mar-ai-bhith gun fhaillinn,
 Mar ba bheag linn t fhiobh 's na bláramh.

Ghabh

Ghabh am P——sa cal' na d' Dhuthaich,
 Oh' erich u leis le lan durachd;
 S 'nuair bhristidh a rís air le bhiui,
 'Hill air nais go t fhasga cliuiteach.

Ghabh u na phearsainn 'chead liubhuirt,
 S go 'n lean u ris ré na h uidhe ;
 J fein 's do dhaoin'-uaisle dliodhach,
 S thug sibh fábhailt uaimh e rís.

'S go d' a tha me ann mo dhúthaich,
 S beag a so deir (*how do you do*) rium ;
 S buileach a chaill me mo chúrsa,
 Le gun phump, gun chait, gun stiuir or'm.

Nach mio-fhortonach a chúis so ?
 Go 'n a dheilich m' eideadh-cúil rium ;
 M' eideadh-uchd, mo sgiath 's mo lúireach ;
 Ann am Muideort thug e chúl rium.

Ach, car aon bhliaghan ni me furus,
 Oh' fhiach am pill mo ghaol o thurys ;
 Ma thig eisín gheibh me cummail,
 S ni me criodhoil, failteach, fuireach.

Na faicinnn a tighin m' iundrain,
 Chead Choirnel a bha 'g a Ph——fa,
 Chinninn chomh aottrom ri fionn-airc;
 'S dhamhsainn gun lot air rinn cuinnseir.

Tha u garg, is ciuin na d' nádor;
 Tha u mín, is garbh, na d' cháileachd;
 'S go seamh farast u ri d' chairdibh,
 Tha u a d' lassair bhuirb ri d' naimhdibh.

'S ioma falachan priosoil, boidheach,
 Tha na 'n cillinibh fa d' chóta,
 Nach nochd u do shiolach ótraich,
 Gos an tachair urra choir ort.

'S beag iunadh odha do shean-'ar,
 Scoileir 's an diadhair beannaichd;
 Soigh'd-fhear garg am blár na 'n deannal,
 Buaghan móra, glic, do leanailt.

'S ioma sruthon mear Ian uabhair,
 A bras rith roi' d' chuislibh uasul;
 B' éadar dhuit bhi Ian do chruadal,
 'S rioghoil a stoc as na bhuaineadh!

'S ioma sonn a dh'eiridh suas leat,
 Na faiceadh iad gne do dhuais ort;
 A bhroisnaicheadh an airm ma d' ghuailibh,
 D'a d' dhiubhuilt air luchd d'a d' thuairgnidh.

'S leat fein Clann-ranuill na cuantaich,
 Luchd na spáinneach géura, cruaghach;
 Dol na 'n dál is fearg na 'n gruaighibh,
 Cha ba ghealltachd fuireach uatha.

Dh' éiridh leat an t Armunn sleiteach,
 Fiui lasgurra na'n géur lann;
 Bhiodh go trodach, lotach, beurra,
 'S tric thug (hog) air bodaich bheurlach.

Go 'n druididh a rís ann do charráid,
 Cinneadh uiseil Ghlinn-ea-garadh,
 Sid na laochrai luthor, mheara,
 Ris nach deanadh naimhde fanailt.

Thigeadh Clann-Donuill Chinn-tire,
 Do t iunsai nam beathraigheibh míliont:
 'S maирg a chasadadh ri fraoch mín-dearg,
 Teachd le 'n uile thoil d'a d' dhídiunn.

Dh' eiridh Clann-Donuil a Fhraoich leat
 O Ghleannan-cumhung na 'n aonach ;
 Fir gharg, ghasta, thaippi laomsgar,
 Nach d'rinn riabh le taise maomadh.

Sheoladh Iarl Antrum a Erinn,
 Cuig-ceud-deug do dh'fhearabh treuna :
 Fearg is friodh an gnúis na 'n trenf hear,
 Nach fag fuighiull béim le'n géur lainn.

Thig Clann-Donuill an t sleibh ruaigh as,
 Guinich allamh, ullamh, ghrúamach ;
 Gur maирg a chasadhl ri 'n tuasaid,
 'S iad na 'n armabh ri h uchd buailte.

Thig Clann-Donuill rose na'n laogh as,
 Comhlan sgaiteach ri h uchd caonaig,
 Na h aiginnaich chumpa thaoibhgeal,
 Bhuaillidh sgailc le tartair faobhair.

Thig Clann-Donuill Chnoc-a-chlaidheamh,
 Na donnghallaich mheara ladhach ;
 Fir shurdoil', lu'-chleassach, chathach ;
 'S coi'-niomhoil dhúr ris an nathair.

Thig

Thig na Galloglaich o'n Bhanna,
 Le slachdanabh dú'ghorm, glana ;
 Ne iad smuis is feoil a spannadadh ;
 Sin, is tiugh na flógh a thanadh.

Go 'n tig Clann-Donnachaigh go ghruam-
 ach,
 Fineach gafta, an achdainn chruaghach,
 Nach h ob cuirp, is cinn a spuachdadadh ;
 'S leantalach an tím na ruaig iad !

Marsailidh Abbaich go h ionólt,
 Marr ri chuid eile d' an cinneadh,
 'S ma 'n duraig iad a chui pillidh,
 Ni iad leon na 's léoir is millidh.

Thig gun ursgadh Clann-an-tsaoir oir'n,
 Sheasamh an tuasaid Chlann-ranuill ;
 'S ma gheibh iad caoladh do dh' aobhair,
 Ne iad ful na's leoир a thaosgadh.

Thig Rodhaich, Rosaich, is Clann-Reamh-
 air,
 Thig na Barraich, thig 'n céudan ;

Cha bhi Ranull óg na eigin,
 'Nuair thig uile chinnidh fein air.

Co anois a bhaileas an dallag,
 Air Ranull óg Mac-Mhic-Ailen ?
 Gur mairg a thairnis as carraig,
 'S na seoid ad ma ghuaillich air tarrainn.

Bi'dh tuillidh 's a choir a leim ort,
 Mar a h eadraig t fhíor fhuil fein ú ;
 Ach 's cinteach ma chuiris tu féim orr',
 Tha do chairde farsaing, feum-sgaoilt'.

Oran a rinniadh a bhliaghna 1746. Air fonn
Let history record, &c.

SFuar fearrannach gach ló,
 Gach oiche dorcha doinshíonach ;
 'S tursach donn gach lo,
 Múrti trom le ceo :
 Ach mosglabh suas a shláigh,
 'S ar n aistéal trusamh chum air chairsteal',

S carftamh uaibh ar brón :
 Tha léig rí muir 's ri spéir,
 Ni bhi ag Eolus, 's ag Neptun,
 S thig gach tlachd na déigh.

Thig soin-shion leis an R——
 Ceichidh sneachd is éiridh uainn ;
 Ograr dóruinn shion,
 Thig fólas falbhaidh pían :
 Gach seorsa do gach fíon,
 Thig o'n Fhr—— na thunnachabh ;
 S go caisg sinn uile ar n íot :
 Gheibh sinn tuil d' ar miann,
 S mar náimhde dh' fhág sin uireasach,
 S dlu chuiris sinn ar líon.

O sheanachainnibh na 'n clann,
 Suas deanamh echdri éfeachdach !
 O sheanachainnibh 's an am,
 Glacamh dubh is peann !
 So a bliaghna chórr,
 An tilg a ghrian le meubhlás biachor
 Gaithain chiatoch oir'n :
 Bi'dh driuchd air bharr an fheoir,

Bainn'

Bainn' is mil gun luach, gun mhargadh,
Aigid agus ór.

Na gabhabh sioth o Dh——s,
Le 'r dochus neartor fírinneach ;
Creidimh dían 's a chóir,
Go 'n tig reliobh na 's leoir ;
Na biodh ar dóchus fann,
Gur h ann air réir mar chuiris sibh,
A bhio's ar buinnig ann :
O fuirichibh a Chlann,
'S chi sibh ar n uil' vireasán,
D' a bhuinnig le cruas lann !

Giod e do chearts' air crún,
Ach adhaircin bhi sparradh ort ?
'S coimh-sean ri d' chóir o thús,
Bríos óir-cheard bha Renfriu :
Ach bha ion-faileis ann,
Do thrustur do dh' acht parlamaid,
A dh' fhoil an crun ma d' cheann :
Ach tog so leat na d' sgé ;
An t Uilliam rinn an t acht' dhuit,
Go 'm b' eugcoircach e-fein.

Dean

Dean aithri thursach gheur,
 S grad thoir air n ais na th' agad uat;
 Dean aithri ghuineach 's géill,
 S le Br——bh——c toilich t fhéim:
 Cum agad do chuid féin,
 S leig uait cóir an atharraich,
 Sun chlaidheamh gun dad fréup;
 Dia, daoин', is nador tréun,
 Si'dh ann a léig ma 'n oidhr',
 Thoirt dachaидh, choibhris ceart a threud

Craobh-sheanchais teughlaich riogh,
 Na h iochdarain bi'dh eolach uimp';
 Craobh-sheanchais teughlaich riogh,
 Si'dh map dh'i 'n iomad téar;
 S ma chuirir car am bí foinn,
 S an tsnaithen dh'ireach oidhreadhdoil,
 So 'n toir fa near an fhoill:
 Ach gairmidh Dia le sgoinn,
 Chum an ionaid dhleasdannaich,
 Ceart oidhre deas an loin.

Cha 'n eil an leith-sgeul ann,
 Ach saobhadh fann mi-dhiongħbalta;

Sí an éugcoir shoiller th' ann,
 Do neach a bheirte dall :
 Ma's creidimh an aon chúis,
 Chiunn nach d'fhuair e oideachd,
 Anns an teagafg a rinn Luth ;
 O ma'm b'e sin an cás !
 Cum na chuir sibh shin-sean-'air,
 Go mio-ruineach go bás ?

Cha'n eil ar goal d'ar Ríogh,
 Ach mar air an tsíúrsaich choitchionta ;
 'S cuglach staid ar Ríogh,
 Cuairt thoirt d'a's bhi sgí :
 Go'n d'fhogair sibh a rís,
 Le'r n iumalas fliochd a inhairteoir sin,
 Le ascaoineachd ar crí ;
 'S na dhiaigh sin go d' thug uaibh,
 Do dh' Anna crun'a sinsiorachd,
 Go'n phoinseonaich sibh luath.

O's caol an teud a Dh——s' !
 Air na sheinn u go tri rioghachdabh ;
 Gur mealta an taft le'n chléoc,
 Iad ufa, na d'R——oir'n

Tha leth-cheud pears' is còtr,
 Is faigse fuil is tagraichion,
 Na ufa 's à Roinn-eorp ;
 Ba leathoireach lag, cam,
 Am mear boiriunn o na bhuiteadh u,
 B' fhior iumullach 's a chrann.

O 'n culluch sin R—— D——s',
 Mac na cr——n Gearmailtich !
 'S é chairdeas rinn 's a dhaimh,
 Gaol fiaich air a chnáimh ;
 Go 'n d'fheann e sinn o' r béis ;
 Ghlac is chreach an ealgaire,
 'S go 'n mharbh e sinn go léir :
 Na daoine cha leis féin,
 'S ann uime sin gur coma leis,
 Go d' phronnaimit a chéil'.

An leanabh nach leis féin,
 Go d' dheanta da leath chomhthrom dh'ë,
 Cha tiomaichd e le a phéin :
 A chri gun tlus, gun deur :
 'S amhuil sin mar tha,
 Go d' chuirt' a h-uile briottainneach,

Gun mhein, gun chead go báis;
 O nach leis fein am páist,
 Cha ghluaist' a neach nach b'athair dh'a,
 Go fabhur no go báigh.

Greos-ort a Sh——s chaoimh,
 'S tu 's R——'s is a athair talmhi dhulnn
 Fa'n athair neamha naomh';
 Gabh tlus ri d' chlainn 's bi caoin :
 'S o 's leat féin a Chlann,
 Cuir casg air croich 's air géurogabh,
 Tha reubadh dhinn no 'n ceann ;
 'S cuir do threud fa lann ;
 'S na leig a bhí d'ar géurleanbhainn,
 Feadh garbhlaich, sleimh, is bheann.

Mo chionsa S—I—s ruagh,
 Ceart oidhr' an fhior R—— dhleastannaich ;
 Chad toir sinn duibhs' fuath,
 Go 'n cuirir sin 's an uaigh ;
 Cha dean croich no tuagh,
 Glacaireachd, no creachannan,
 Gu brách ar fracadh uat ;
 Tha 'n diog ad ceangailt shíos,

An

An caigiunn ris gach anam dhinn,
Chomh-daingiunn ri Beinnshíont'.

Och a Ri na 'n dúl,
Na leigs' neart a ghná thar cheart ;
Ochoin aon Dia 'ta d' thriuir,
'S ann duit is leár gach cúis !
Tog dhinn a mh—c is a cuing,
'S a h ál breac, brothoch, oirceneach,
Le'n cuid chrom-shoc thar tuinn :
'S cart go glan White-hall,
Air ciunn an teughlaich rioghoil sin,
Bha sinsreadh ann an tamh.

*Oran a rinneadh do dha bhodach árraid a bha
ann an Ardnomorchan, a chotharraich iad
fein le bhi cur ri striopachas ann an aois an
ceithir-fichid bliaghna. Air foṇn, Black Jock.*

CAit am bheil tiunnail,
C Na Dúchas' ann Albainn,
Go breugan, 's go bradachd,
S go ascaoineachd earbuill ?

R' ar n ógrai 's r'ar fleasgaich,
 Go d' fhaodair bean earbsá,
 Tha ar bodachain sheiddeach
 Cho'-bras ri boc·earba :
 Na lodragain cheigeach,
 Is leidiche fiasag,
 Go suiri choi' leuddurra,
 Bheuddarrach easgai ;
 Ma gheibh iad an comh-throm,
 Is lugh' air ar bannal,
 Póisda no saor,
 Go 'n dean iad a spannadh.

An urrum air chocondachd,
 'S bhroggondachd, ínsgin,
 'S air bhráiseneachd mhogach,
 Do bhødaich na tíres' :
 Gur torconda, froggonda,
 Loggaiseach, grís-fhiunn,
 Na tarraigdenich hoggach,
 'S géur bhrodach na 'm bríshibh :
 Na faighidh iad fá,
 Air nionaig air fodar,

Le bél-mheilliridh smúcach,
 'S na húrdul do shoddar,
 Go 'n deanadh iad hoggraich,
 Le huinich, 's le gloggraich;
 Gun cheneal na 'n úigh,
 Ach dúiseolachd bogaidh.

Gur neonach do shean daoin',
 A bhi ar am buaireadh,
 An caileachd air tuitim,
 'S a cuislion déis fuaraich;
 A suilion air brusgadh,
 Agus cus do dhroch thuar orra;
 Moran dhi fuitt orr',
 Agus tuisleadh na 'n cluasamh:
 Ach theirinn a cháileachd,
 Bha na 'n árdamh go 'n íslibh,
 Chaidh cruinn a dh'aon aite,
 Chuir stáillinn na 'n ísben:
 Ach tha so na shar-fhorton,
 Do m' ghoisti Gill-eusbuig,
 Fuair Aonghus mar phoista,
 Bhi broddadh a ghedd dh'a.

Bheir

Bheir so do'n Chleir oilbheim,
 Agus doraraich do dh' urchaid,
 Go 'n thuit iad air riatachd,
 Fir lia Ardnamorchan :
 'S ni sgreamhoil, fíor bhiastóil,
 Ain-miannach, ro bhruideoil,
 Dh' fhear' caite le bliaghnainh,
 Dhol a riarachadh físlinn.
 Cha 'n fhaidh iad, 's cha 'n iarr iad,
 Gné sios do 'n cuid úlaidh ;
 'S ann a thoill iad an riasadh,
 Agus piantuinne dúbuilt :
 Mhoire nach iadsan
 A smirte le clapa,
 Gun fhoirin d' an urchasg,
 Gun phurgaid d' an aiceid.

Ciod e bharoil a t' agabh
 Ais tappachan óga,
 'Nuair tha sean daoine laga,
 Nan caignibh ri pogadh ?
 Na nionagan bais-gheal,
 D' an glaccadh nan crógamh ;

'a mheinn na fear glasa,
 S nam bracairneach cróin-fhionn :
 'e sid fonn an díombais,
 a 'n chliomat bhras riatach,
 ha bhi cailleach gun sioltachd,
 So do chrion i le ciadamh ;
 So bodach glas rótmach,
 o do robh na shean rugga ;
 oimh-lia ris an Rón,
 ach e shólas dol chucca.

Ach Aonghas Mhic-Ailen,
 a'n iairte an ath thein' ort,
 gun urchair na d' charthaids,
 niodh sid dhuit na dheireas ;
 o 'n iomairidh tu seachdain,
 ar a ghoinnid do dh'úine,
 a faighidh tu fuasgladh,
 ne luaidh no fhudair :
 ia 'n cogadh ad cruaigh ort,
 i'm buailidh do bhiui,
 ar lambhach, 's air cruadal,
 gus ruaign-mheirg air t fhiúsi ;

Go 'm biodh an ruaig ort,
 Agus luasgan air t anail ;
 Dium, is mi-mheas na gruagaich,
 'S bu bhuan duit a sgannuil.

Gur neonach a fonn
 A thachair 's na baintibh ad,
 'S mios a chinnis druim iomair,
 No úrlar na 'n claision unt'.
 'S comh-dároil na sean tairbh,
 Ri tri-bhliaghnaich acuineach ;
 'S go maith feur na 'h Coiren,
 Is seachd sona feur Fhaisgidil :
 Marsg air na bodachamh,
 Bhuairidh na beirtich leo,
 Thairgidh mál dábuilt,
 'S bundaiste gersminn asd' ;
 Le staodhrum, 's le mosradh,
 'S le bodradh n' an tailceneach,
 'S briosuirneach, froggoiseach,
 Cochullach, tapplaichion.]

Tha cleachdadh mio-nadorr,
 'N drafid ann a 's túrs',

Ta h oigfhír nan codul,
 Na sean daoin' ri suiridh ;
 Leasgaich nan torraichim
 Crom anns na leapannabh,
 Na bodaich ri briodail
 Níonag 's na plaiddichibh :
 Ch 's neonach lium, f'in
 Id a striocadh do 'm battairi,
 E'n gunnaichibh grís-fhionn,
 Gur mi-chiatoch acuinn orr',
 Ag na gunnairibh spliaságach,
 Siar-shronach, brach-shuileach,
 E'n cuilbher gun urchair,
 An chuimse nan glaccabhsan.

'S grann' a mhisneach do bhodach,
 Ól air chogadh 's na cùiltibh,
 Gun a dhag a bhi cochda,
 Ta ghlog le cion úillidh ;
 Chuinnser le droch mheirg,
 Ceann stoipt' na dhúbla,
 E dall-phrábadh doilleir,
 Gun choinniull, gun chrúisgen :
 O anail droch bholtrach,
 Siar ofnach air fháilen ;

'S a ghruaighion air roccadh,
 Mar arcuinn mairt arfai ;
 A chraiciunn chomh-lacunn,
 Ri pait na miolmhágain ;
 'S a chairen le ain-fheoil,
 Air feannadh le craimhinn.

Sibhs' ata póisda,
 'S a nionagan úiseoil,
 Go d' thuit dhuibh le h órdo,
 Bhi an taobh sin do 'n dúthaich,
 Gabhabh uam bairlinn,
 'S bithigh sibh cliuiteach ;
 Na creiddibh bhi sábhailt,
 Gun ar gaird a bhi dlú dhuibh :
 Tha na bodaich mi-ghenmni,
 Le meanmn' air am buaireadh,
 Cha 'n ath iad do shean-mhnaoi,
 Do lean'ban no ghruagaich ;
 Go 'n a ghaid iad an comus
 O deichnir air fhichid,
 'S beag iunadh an sgonnain,
 Bhi lomlan do spiolcadh.

An urram do Aonghas,
 Go deargadh le accuinn,
 Go 'n thiuntaidh e an toghar,
 Agus Ailen an t ath-toghar :
 Gur gleasta na liathainich,
 Siabh glas na racanaich,
 Go cur, is go cliathadh,
 Cha 'n iarradh iad eachrai oir'n.
 S mar a cuirir deagh fhriana,
 Is na fiagh-stéadan acasan ;
 S feadar deagh-ghlasan iarainn,
 Dheanamh is ceardaill dhoimh,
 Sparrar go daingiunn
 Ma chaoild' gach céile,
 S ma iochdar gach caileig,
 Ma 'n toirir orr' éiginn.

Nach neonach a spioradfa
 Chinn anns na bodachamh,
 Gun bhraon do ghne fhiona,
 Gun aon (tea) ach brochana ;
 Gun chupachan ríobhach,
 Go fuarachadh dheochanna,

Ach a phoit thoirt o'n ghriosfaich,
 Agus sineadh le lodar orr' :
 Na 'm biodh uisgeachan príofoil,
 Dol a sios anns na corpabh sin,
 'S beathanna brioghoil,
 Dh' fhagadh lionta, dearg, tortoil iad,
 Ba bhrais iad na coileach,
 No buicen dearg daraidh ;
 'S na ba chreatairion coill iad,
 Dheanadh cleamhnas ri daraig.

Nach spoth sibh na bodaich,
 Ma 'n truaill iad an talamh,
 Tha salunn, salbitir,
 Agus nitir nan tarramh ;
 Sparramh an glocain,
 Sean chlochan na stalon,
 'S fotha, feammabh na pocain,
 Le 'n cochuillibh gearraibh ;
 Gu bheil iad chomh-bochoile,
 Lochdach le 'm ballamh,
 Go siolachadh (bhastards),
 Choimh-lionor ri gainibh :

Mhoir

Mhoire nach iadsan
 A cheangail nan caignibh,
 Mar thachras air saidheach,
 Do mhaddrain air ghastradh.

'S ioma te dh' fhalchas
 A h aodann le tonnaig,
 Ma 's terrig a bhliaghna,
 O fhaoisgnidh ar sgonnain ;
 Na mnain na laomabh,
 Ag caoineadh ma 'm pollag',
 Chiunn am buinnig le faoineachd,
 Air son gaol na sean chroman.
 Gur a h oilteil an taom,
 Sean daoin' an déis cromaiddh,
 Am bathais air maoladh,
 'S an aois air an lomadh ;
 Ain-mianna feoilchlaointe,
 'G an tarraig go coinnan :
 Le gearrsgin nach gear sibh
 Asd' an da bholla.

Ann a maidin ar n aimsreach,
 Go 'm banaibi ar solus,

'Nuair

'Nuair th' agamh chomh-anmoch,
 Lan da lampa do dh'ola ;
 Sean daorach ar n anbrais,
 Cha 'n fhaodar a mholadh ;
 Go 'n therig ar n aogafsg,
 'S go 'n a chaochail ar solaidh :
 Nar tomamh le gaoisid,
 'S an aois air ar roladh ;
 Go 'n phreasaich ar n aodainn,
 'S go 'n dh'aognaithe ar boladh ;
 Go 'n tharraing an taog,
 A shaoil air ar gnúisibh ;
 'S cha mhór nach do ghearradh
 Leis snaithen ar cúrsa.

*Oran árrait. Air sonn, Good night, and
 God be with you, &c.*

P. **M**ile marbhphasg air an tfaoghal,
 'S carach baoghalach a dháil ;
 Cuibhiull an fhortoin oir'n air caoichladh,
 Cha do chleachd sinn moim roimh chách :

Tha

Tha sinn anois air ar sgaoileadh,
 Air feadh ghleann, is fhraoich-beann árd ;
 Ach teanailidh sinn fós ar daoine,
 'Nuair a dh' fhaodas sinn go blár.

Misneach mhaith a mhuinntir ghaolach,
 'S gabhaidh Dia dhinn daonnan cás :
 Cuiribh dóchus daingiunn, faoilteach,
 Anns an aon ti ni dhuinn stá :
 'S buanaichibh go rioghoil, adhrach,
 Traisceach, uirneach, caoincneach, blá ;
 'S biobh dilis d' chach a cheile,
 'S duinair suas ar creuchda báis.

Ach 's seadar dhomhs' anois bhi falbh uaibh,
 A gháidhealamh calma mo ghraidh :
 Ba mhór m' earbhsas' as ar fonadh,
 Go do dh'fhonadh dhuinn 's an ár,
 'S iomad ancomhthrom a choinnich
 Sinn, 's an choinnimh bha gun ágh :
 Ach gabhaidh mis' anois mo chead dhiot,
 Uine bheag ; ach thig me trá.

Leasaichidh me fós ar callsa,
 Churainnibh gun fheall, gun sga ;

A dhilsi dliodhach, rioghoil, tréuna,
 A dheanadh éuchd rí uchd na 'm blár :
 'S cinn is coluinn chuir o chéile,
 Sinn', 's sibh-fein a scaradh fás ;
 Ach togabh suas ar misneach gleusta,
 'S cuirim fein r'ar creuchdamh plásd'.

G. A mhoire sinne a t' air ar céusadh,
 Air dhí céille, finn gun cháil :
 T — St — Mac R — S — ,
 A bhi na eigin anns gach cás ;
 Gur h e sin a rinn ar léireadh,
 Gur a féadar dh' a go fág :
 Sinn na dhéigh gun airm, gun éididh.
 Falbh 'n ainm Dhé ; ach thig a ghráigh.

Ar mile beannachd na d' dhiaigh,
 'S Dia do d' ghlei'gh anns gach áit' :
 Muir is túr a bhi choimh-ré dbuit :
 M' ujrni ghear leat fein os áird ;
 'S go do sgar mio-fhorton déurach
 Sinn o cheile, 's ceim roi' 'n bhás :
 Ach soiri libh a mh—c R — , S —
 Shúgh mo chéille thig gun cháird.

Chaill sinn ar fduir, 's ar buill-bheirte;
 Dh' fhalbh uainn ar n achdaire-báis;
 Chaill sinn ar compas, 's ar cairtion,
 Ar reil-iuil 's ar beachd gach la :
 Tha ar cuirp gun chinn, gun chasan,
 Sinn mar charcaisibh gun stá ;
 Ach gabh us' a ghraidh do t astar,
 Dean gleas taipi, 's thig gun dál.

P. Beannachd go léir le Cl—n-D——l,
 Sibh a dh' fhoirin or'm na m' chás,
 Eidir oilenibh, is mhoir-thir,
 Lean sibh deonach, rium gach trá :
 'S ioma beinn, is muir, is mointeach,
 A shiubhail sin air chorsa báis ;
 Ach theastaig Dia sinn air fuar-fhoirneart,
 Na 'n con frónghao'ach 'bha 'ir ar fáil.

Sibh a rinn fa laimh na Tríonaid,
 Mise a dhíon o mhio-ruinn cháich :
 Mo dhearg naimhde, neartor, líonor,
 Chuir a lion feadh ghleann is árd :
 A mhead 's a thaibin sibh d' ar dílseachd,
 'S coir nach díó-chuimhnich go brách ;

A bharr, gur sibh is luaith' shín rium,
 Tioc air tír 's an Talamh-árd.

G. Ochan, ochan, cruaigh an dearmad,
 Bhi 'g ar tearbadh uaibh gun bhás :
 B'i 'n fhior éibhinneachd, 's am beirteas,
 Bhi d' a t fhaicinn gach aon lá :
 Bi'dh ar ruisg lán tim a frasadh ;
 Ar cri lagchúiseach gun cháil,
 Go 'm pill us' a rís air nais oir'n.
 Beannachd leat le neart ar gráidh.

P. O tiormaichibh a suas ar fúilin,
 Chomuinn rúnaich 'fuair ar crádh,
 Bi'dh sibh fás, maoineach, muirneach,
 'N ar gáird dúbailt' ma White-hall,
 'Nuair a bhio's na Reabail lúbach,
 Ri bog chrúban feadh na 'n carn,
 Go 'm bi síbhs' an caithrim ciúrtá,
 Lasdoil, lu'-chleasach, lán áigh.

Oran do an gairir, am Breacan uallach. Air fonn, Hei an Clo dubh, ho an Clo dubh, hei an Clo dubh, b'fhear an Breacan.

B, Fhear lium breacan uallach,
Ma m' ghuailibh, 's a chuir fa m' achlais;
No go do gheibhinn cóta,
Do 'n chlo is fearr thig a Sasgunn.

Mo laochan fein an t éididh,
A dh' fheamadh an crios d'a ghlasadh,
Cuaicheneachadh éilidh,
Déis éri go dol air astar.

Eilidh cruinn na'n cuaichen,
Gur buaghail an t earradh gaisgeich ;
Shiubhlainn leat na fuarain,
Feadh fhuaireabheann ; 's ba ghasd air faich u,

Fíor chulaidh an tsoigh'd-fhir,
'S neamh-ghloiceil ri uchd na caisimceachd ;
'S ciatoch 's an adbhang u,
Fa shrantraich na 'm píob 's na 'm brattach.

Cha mhios anns an dol sios u,
 'Nuair scríobar a duille claisich ;
 Fíor earradh na ruaige;
 Go luas a chuir anns na casamh !

Ba mhaith go sealg an fhéigh u,
 'N am éri do 'n ghréin air creachunn ;
 'S dh' fhalbhainn leat go lodhar,
 Diadómhnaich a dol do 'n chlachan.

Laighinn leat go ciorboil,
 'S mar earbaig go 'm briosgainn grad leat,
 Na b' ullamh air m' armachd,
 Na dearganach 's mosgaid ghlagach.

'N am coilich a bhi dúrdan,
 Air stúcan am maidin dhealta,
 Ba ghaasta t fheim 's a chúis sin,
 Seach mútan do thrusstar cafoig.

Shiubhlainn leat a phosadh,
 'S far feornein cha fhroisinn dealta ;
 B' i sid an tsuanach bhoidheach,
 An óigbhean ba mhór a tlachd dh'i.

B' aigiontach

B' aigiantach 's an choill u,
 D'a in' choireadh le d' bhlás 's le t fhasga,
 O chathudh, is o chríon-chur,
 Go 'n diona tu me ri frasachd.

Air uachdar gur a sgíomhach
 A laigheadh a sgiath air a breacadh ;
 'S claidheamh air chrios ciatoch,
 Air fhiaradh os ciunn do phleata.

'S deas a thigeadh cuilbheir,
 Go suilibhiorra leat fa 'n asgcuill ;
 'S a dh'ain-deoin uisg' is urchaid,
 Na tuilbheim go 'm biodh ar fasga.

Ba mhaith anns an oich' u ;
 Mo loinn u mar aodaich-leapa :
 B' fhearr lium na 'm brat lí n u,
 Is príosóile mhín tha 'n Glaf'cha.

'S bagonta grinn boidheach,
 Air banais is air mód am breacan ;
 Suas an éileadh-sguaipe,
 'S dealg-gualainn ag cuir air fasdaidh.

Ba

Ba mhaith an la 's an oich' u,
 Bha loinn ort am beinn 's an cladach,
 Ba mhaith am feacd 's a síoth u:
 Cha Righ a fear a chuir as duit.

Shaoil leis go do mhaolaich, so
 Faobhar na 'n Gaidheal taippi;
 Ach 's ann a chuir e géir orr',
 Na 's béurra no deud na h ealltainn :

Dh' fhag e iad lán mío-ruin,
 Choi'-ciocrasach ri coin acrach ;
 Cha chaisg deoch an íotadh,
 Go b' fhíon e, ach fíor fhuil Shagsunn.

Go spíon sibh an Crí asfainn,
 'S ar brollaichion síos a shracadh,
 Cha toir sibh asfainn T—,
 Go brách gos an téid ar tacadh.

R' ar n anam' tha e fuaite,
 Teann, luaite cho'-cruaigh ri glasan ;
 'S uainn cha' n fhaodar fhuasgladh,
 Go 'm buainir a fear ad asfainn.

Cleas na mnai-siula,
 Gheibh tuillinn ma 'm beir i a h afaid :
 An ionad a bhi 'n dium ris,
 Go 'n dúbuil d' a fear a lasan.

Go d' chuir sibh oir'ne buarach,
 Thiugh, luaite, go 'r falbh a bhacadh,
 Ritheidh sinn chomh-luaith',
 'S na 's buaine na feigh a ghlafraich.

Tha sinn 's an tsean nádor,
 A bhá sinn roimh am an acta ;
 Am pearsanna 's an intinn,
 'S 'n ar riogholachd cha teid lagadh.

'S i 'n fhuil bha 'n cuisl' ar sins'ridh,
 'S an insgin a bha n'an n aigneadh,
 A dh' fhag dhuinne mar dhílib,
 Bhi rioghoil. O sin ar paidir !

Mallachd air gach seorsa,
 Nach deonaicheadh fós falbh leatsa,
 Cia dhiu bhiodh aca cómhach,
 Nō cómhruist, lom go 'n craicinn.

Mo chion an t óg fearragha,
 Thar farraige chaith uainn air astar :
 Dúthrachd blá do dhúcha,
 'S an uirni go lean do phearsa.

'S go d' fuair sibh lamh-an-uachdar,
 Aon uair oir'n le seorsa tappaig,
 An donus blár ri bheofan,
 Ni feoladair tuilleadh tappaidh.

Oran úr. Air fonn, Black Jock.

OT—— mhic Sh——,
 Mhic Sh——, mhic Th—— !
 Leat shiubhlainn go h eadrom,
 'N am ébhich 'bhi marsal,
 'S cha b' ann leis a phláigh ad,
 A thármaich o 'n mh——c.
 Bheireadh creiddibh is reuson
 Oir'n éri mar b' ábhaist,
 Leis an ailleagan cheatoch,
 'Shliochd éfeachdach Bháncho :

Mo ghragh a ghruaigh áluinn,
 A dhearsadh or'm stuirt.
 U 'g iomachd go fúrdoil,
 Air túis a bhataili,
 Cha fhroifinn aon drúchda,
 S me dlúth air do shailibh :
 Me eidir an talamh
 S an t aeir a feoladh,
 Air iteoig le h aidhir,
 Misg-chath, agus shólais ;
 S caisimeachd phiob'-móra,
 Bras-shroiceadh am puirt.

O 'n éibhinneachd ghlórmhor,
 An tsólais a b' airde !
 'G ar líonadh do spionnadh,
 Air slinneinibh Th——,
 Go 'n calcadh tu árdan
 Ann cáileachd ar cuirp :
 Do láthaireachd mhórchuisseach,
 Dh' fhógradh gach fáillinn,
 Go 'n tiuntadh tu feodar
 Gach feola go stáillinn,

T

'Nuair

'Nuair sheal'mait go sanntach,
 Air faurra do ruisg.
 Go ghnúis torrach do chruadal,
 Do dh' uaisle, 's do naire,
 Nach taiseicheadh fuathas,
 Roi' luaidh do námhad :
 'S mar deanadh fir fhagfún
 Do mhealladh, 's do thréigfin,
 Bhiodh an crún air a spalpadh,
 Le d' thapadh air S——,
 A dh' ain-deoin na béisfe,
 Leis an d' érich na h uilc.

Go 'm b' fhoirmeil lium tormain
 Na 'n organabh aluinn !
 'S tein'-eibhinn a lasadh
 Go bras-gheal air fraidibh !
 'S na croisibh ri h árd-ghaoir,
 Mhóir Th—— ar Prionns' !
 Gach uineog le foineal
 A boisgeadh le dearsadh,
 Le solus na 'n coilibh,
 'S deas moigh'dionn d'an sinúladh ;

S gach ni mar a b' arrai
 G cuir fáilt air le puimp !
 Na canoin ri búireich,
 S iad ag flúradh an fháilidh,
 Ag cuir crith air gach dúthaich
 Le muiseag na 'n Gaidheal ;
 Agus sinne go lú'-cheasach,
 Múirneach lan árdain,
 Am marsail go múinte,
 Ard-shuntach m' a shailibh ;
 S gann bha chudum 's gach fear dhinn
 Tri chairsteil a phuint !

*Oran Bachoil. Air fann, The bucket you
 want, &c.*

HO rou mo bhobug an dram,
 Ho rí mo bhobug an dram,
 Ho rou mo bhobug an dram,
 S e chuireadh an foddan na m' cheann.

Ho rou ghaolach an liunn,
 Ho rí mo ghaolach an liunn,

Ho rou mo bhobug an liunn,
 'S e dhúisgidh dhúinn urram gach foinn.

Och óch ! mo shólas am puinns,
 Ho rou mo shólas am puinns,
 Ho rí mo shólas am puinns,
 'S tu chuireadh an togail fa m' chuim.

Fheara 'n ar suighe ma 'n bhórd,
 Le'r glaineacha crioghoil 'n ar dórn,
 Na leanamait righin air ól,
 Ma mill sinn ar bruighinn le ból.

Na tostachan figgeanta fial,
 'G an aiseag go rige mo bhial ;
 Ba mhireagach stuiggidh, is triall,
 Am marsal le cioguilt roi' m' chliamh.

'S tu chuireadh na curaids' 's an tfluagh,
 'N am cogaidh ri h aodainn na 'n ruag,
 Go 'n olaimit sgailc dhiot go luath,
 Ma sguidsemit flaçain a truaill'.

'S tu dh' fhagadh sinn taippi 's an tóir,
 'N am tarraig na 'n glas-lann rí froin,
 'Nuair thilgte na breacain do 'n tllógh,
 'S a truaill, bheirt amach claidheamh-mór.

Go tu mo leannan glan úr,
 Cha phóg me go dílinn u 'n cúil ;
 Ach phogainn, is dheobhlainn u rúin,
 'Nuair thig u 's Jacobus na d' ghnúis :

An t ainm sin is fearr ata ann,
 Ainm Sheimis a chuir air do cheann ;
 'S e thogadh a sogan fa m' chaint,
 'S a dh' fhagadh go blasda mo dhram.

Fadaimit teine beag shíos,
 Na lasraiche ciuin a ni gríos,
 A gharas ar claguinn, 's ar crí,
 'S dh' fhógras ar n airsteal, 's ar sgíos.

Gur tu mo ghlaíneag ghlan lom,
 Mo leannan is cannaiche fonn ;
 Go d' rinne tu dh' fheammainn na 'n tonn,
 Gur mór tha do cheanal na d' chom.

O fair a ghaoil channaich do phóg,
 Leig clannadh d' a t anail fa m' shróin,
 Gur cubhrai lium fannal do bheoil,
 No tuis agus mire na h Eorp.

O aisig a ghlaine do phóg !
 Cuir speirid 'n ar teangamh go ceol ;
 An fioshlainte bheannaichte choir,
 A leasaicheas anara is feoil !

*Marbbraim a rinneadh do pheata Colum, a
 mbarbhadh le aubhag.*

STURSACH mo sgeul rí lúaigh,
 'S gun chách d' a d' chaoi,
 Ma bhás an fhir ba leanaboil tuar,
 'S ba mheanbh rí chlaoi.
 'S oil lium bás a Cholum chaoimh,
 Nach b' anagrach gnás,
 A thuitim le madadh go 'm béus,
 Dobhran na 'n cárna.

'S tu 's truaidh linn do bhás na 'n ean ;
 Mo chrágh nach beo,
 Fhir a b' iteagach, miottagach triall,
 Go ba mheirbh do threoir :
 B' fheimeil' do Naoi na cách,
 'N am bhárcadh na 'n stuagh,
 Ba tu 'n teachdair' gun seach'ran d' a,
 'Nuair thraighe an Cuan :
 A dh' idreachdainn do dh' fhalbh an tuil,
 Litir gach fear ;
 Dúbhull is Colum go'n chuir
 Deagh Naoi thar lear ;
 Ach chaidh Dubhull air seacharan-cuain,
 'S cha do phill e riabh ;
 Ach phill Colum le iteagaich luath,
 'S a fhreagra na bhial.
 Air thús, cha d' fhuair e ionad d' a bhonn
 A seasadh e ann,
 Gos do thiormaich Díle na 'n tonn,
 Far mullach nam beann :
 'S ann sin, a litirsin leagh an duine bba glic,
 Go 'n thiormach a bhailc,

'S go faigheadh a mhuirichinn, cobhair na 'n
teirc,

Agus fuasgladh na 'n airc.

Le neart cha spúilte do niod,

Go do thigte d' a d' shlad;

Bhiodh do chaistéal fa bhearrabh na 'n creg,

Ann an daingnichibh rag:

Bha do mhodh-siolaich air leath o chách,

Cha togradh tu suas,

Ach a durraghail an taca ri d' ghrágh,

'G cuir cogair 'n a cluais.

Cha do chuir u duil ann airgid no spréigh,

Na féist am biodh súigh,

Ach spioladh, is criomadh an tsíl le d' bhéul,

'S ag ól a bhúirnn:

Aodach, no anart, síoda, no sról,

Cha cheannachadh tu 'm bú;

Bhiodh t éididh do mhín-iteacha gorm,

Air nach drúidheadh an drúchd:

Cha do ghabh u riabh paidir no créud,

A ghuidh na 'n dúl;

Graigheidh, cha 'n eil t anam am péin

O chaidh tu 'nunn.

Cha

Oran do 'n gairir, Tinneas na h urchaid. Air sonn, Tba me-shin suarach ma ghruaman an tsean duin', &c.

GO bheil Tinneas na h urchaid,
Ar feadh Ardna——n,
Ri sior ghabhail phurgaid,
Chuir tururaich na 'n cean orr'.

Na fir lan do 'n ghalar,
Go rig' a smior-cailleach ;
A fearrabhuill air faileadh ;
Grad chaillidh iad feamm ris

Na mnain air sgiolagh ;
'S an airnion air fileadh ;
An clap air am milleadh ;
'S am brilleinibh feannta :

An Cogois d' an criomadh ;
'S am mionach d' a sginneadh ;
A suilin d' an dinneadh ;
'S am binid air teanntadh :

An

An criodha d' a bhioradh ;
 'S an tilgidh d' a shireadh,
 'S a laigse d' a philleadh,
 Go minig d' an an-toill.

Teudan is gusgeuill,
 D' a tharraíng o 'm buffamh ;
 'S am meillion ro ruiteach ;
 'S am pluicion lán fleamhnain :

An craicionn d' a sgreaggadh ;
 'S an éarrach air peasgcadh ;
 Múir ghágach lán teasa,
 Mar ghreaddagh na feanntaig.

Thig oirbh eas-shlaintibh coibheach,
 Bolgach, pláigh, agus cloimhin ;
 'G ar sgrios, is 'g ar clomhadh,
 Mar eich bhothach bhio's seanta.

Oran air sean aois. *Air fonn,* The pearl of
the Irish nation.

CHA tog mise fonn,
Cha'n éirich e lium,
Tha m' aigneadh rō throm fa éislin;
An criodh a ta m' chom
Mar chloich bhiodh na deann,
Air tuitim an gleann nach éirich;
Tha gaisgeach nach tiom
Oir'n ag cogadh, 's a strí,
Nach urrainn a chui bhi ré rinn,
O 's treas e no sinn,
Theid leisín ar claoi,
'S cha teasraig aon ní fa 'n ghréin sinn.

Chá chúis, fir 's i dearbh
Bhi 'g iunndrainn na dh'fhalbh,
Ar cruitheachd, ar dealbh, 's ar n éagafg,
Ar cumachd, 's ar dreach,
Ar spionnad, 's ar ncart,
Ar cur an am gleac no fréupa;
Mar a sgaoileas an ceo
Thar aodann an fhéoir;

Mar a chaochlas na neoil 's na spéiribh,
 'S ann th' an ois a teachd óir'n,
 Cumhach, caointeach lan bróin,
 'S neamh-shaoireach r' a leon an te sin.

Aois oðhar gun bhrigh,
 Tha 'g ar toghar go cill
 Dh' fhagas bodhaig a chinn ro éididh :
 Aois bhodhar nach cluinn,
 Gun toghaidh gun suim,
 Gun char foghainneach stri, no stréupa ;
 Aois aiceideach thinn,
 Gun tagfa, gun chlí
 Gun ghaisgeadh, gun spíd, gun spéaraid ;
 Lan airtseil is cráigh,
 Gun aidbheil bhi flán ;
 Gun aon neach 'g am bheil cás do d' éiginn.

Aois chasadach gharbh,
 Cheann-trom, chodaltach, bhalmh,
 Ann an ion 's a bhi marbh gun éirst u ;
 Cha ghluaís u ach mall,
 Agus cuall ann do laimh,
 Dol mancuairt air gach ault is featha :

'S tu nach guidhir go brách,
 Cha chuidh dhuit e,
 Geall rithe, no-fnamh, no léime;
 'S ann tha fiabhras is crágh,
 Ag t iarraidh go bás,
 Ni 's lionoir no pláigh na h Eipheid.

Aois chfionoil ro-bhoc,
 Ri caoi na rug ort,
 Dimbríghéil, gun toirrt, gun spéis u:
 Do luchd commuinn is gaoil,
 Fa chomruig an aoig,
 'S gun air comus a h aon diu éiri:
 Dh' fhalbh t airneis, 's do chuid,
 Dh' fhalbh slainte do chuirp,
 Thig ort fállinne tuigs' is réasoin ;
 Thig dio-cuimhne, thig bái,
 Thig diobhnas d' a,
 Thig mío-loinn do chairde féin ort.

Aois għreannach, bhoc thruadh,
 'S miosfa fealladh is tuar,
 Mhaol-sgallach, gun għruag, gun déadach :
 Roc-aodannach cruaigh,

Preasach, craicneach, lom, fuar,
 Grubach, crottach, gun ghluasad céime;
 Us' a loghair na spioc,
 Bheir na subhaile dhinn,
 Co 's an domhan le 'm binn do shéisidh?
 Aois ghliogach gun cháil,
 'S tu 's miosfa no 'm bás;
 'S tu 's tric a rinn tráill do 'n tréan-fhear.

Aois sheachdi lan brón,
 Gun riobhadh, gun spors,
 Gun toillintinn ri ceol d' a éisdeachd:
 Roib-fhiaságach glas,
 Air dhroch sheasamh-cas,
 Leisg, seottoil, neamhghrad go éiri:
 Cha 'n fhuilig u fluachd,
 'S olc an urr' u 'n cas cruaigh,
 'S e do bhuinnig an tuath' 's an déirce:
 Cha 'n eil neach ort an tóir,
 Nach e aidbheil am beóil,
 Gur fada leo beo gun fheim u.

Aois uaine 's olc dreach,
 Or'm is suarrach do theachd,

Cha 'n eil tuaireisgeul ceart fa'n ghrein ort ;
 U gun mhire, gun mhúirn ;
 U gun spiorad, gun fúrd ;
 For an cruinnich a chuírt cha téid u ;
 Aois chairti 's olc greann ;
 Aois aicceideach mhall ;
 Aois phrabb shuileach dhall gun learsainn,
 Cásf feargach gun súgh ;
 Lan farmaid is tuú,
 Ri fear meanmnach bhio 's luthor, gleusta.

Faire, fair' a dhuin' óig,
 Gia do bharondos móir ?
 'N i do bharail bhi beo 's nach éag u ?
 Go d' tha 'n saoghal 's an fheoil,
 Comhaontach na 's leoír,
 Air do chlaonadh o choir, go h éugcoir ;
 Comh-fhad 's a tha 'n dáil,
 Thig ort teachdair' a bháis,
 Na creid facall gur fáistin bhréig e ;
 Bi'dh do ghaird ort gle chruaigh ;
 Tha do námhaid mancuairt ;
 Cha tigh crábhaidh an uaigh an téid u ;

Ach

Ach ároch gun tuar,
 Chnoigheach, dhaolagach, fhuar,
 Ann an cairich iad suas leat féin n;
 Chomh-mor 's tha do bheachd,
 Do d' stóir cha teid leat,
 Ach bordain bheag shnait' is lefne;
 'S e cúram is mó,
 Bhi dol dh' iunsaidh a mhoid,
 Go toirt cuntus an cóir, 's an eugcóir,
 For nach seasamh do ní,
 Dhuit aon dad do t fhíoch:
 'S e 's cuis eagail bhi 'm príoson eigin.

The Marquis of Montrose's lines upon the
 death of King Charles I.

Great! good! and just! could I but rate
 My griefs, and thy too rigid fate,
 I'd weep the world to such a strain,
 As it should once deluge again. [plies,
 But since thy loud-tongu'd blood demands sup-
 More from Briareus' hands, than Argus' eyes,
 I'll sing thy obsequies with trumpet-sounds,
 And write thy epitaph with blood and wounds.

Translated

Translated extempore into Galic. By ——.

A Thi mhóir, mhaith, cheart!
A Nach b' urra mise luach,
 Do bhróna féin,
 'S mo dhana géur an-truaghs',
 An soaghal ghuilinn
 Le caoi, 's le tuiribh cruaigh,
 'S a dh' ath-tharraiginn tuil
 Thar mullach bheann, is chruach:
 Ach o 's mo tha teang'
 Ard-fhaclach t fhal' ag sgairt,
 Uir laimhin Bhriarius,
 No suilin Arguis thais,
 Caismeachd t fhalaire scinnim
 Le fuaimnich stoc,
 Scriobham do mharbhainn
 Le ful chreuchd-dhearg na 'n lot.

Lines wrote by the Marquis of Montrose when under sentence of death.

LE T them bestow on ev'ry airth a limb,
 Then open all my veins, that I may swim
To

*To thee, my Maker, in that crimson Lake;
Then place my parboil'd head upon a stake;
Scatter my ashes, straw them in the air:
Lord, since thou know'st where all those atoms are,*

*I'm hopeful thou'l recover all my dust,
And confident thou'l raise me with the just.*

Translated extempore into Galic. By ——

AIR gach beteig
Cuireadh iad dhiom cnaimh,
Mo chuislibh sgaoileadh,
Iad 's go faodainn snamh
Do d' ionsaighs', chruth-ai-fhir mhóir,
'S an lochan ró-dhearg lans',
'S mo chean leath-bhruicht
Air barr ard-stuib biodh fáit';
Sgappadh iad mo luath',
'S an aer fhuar na stur:
Dhe o tha fios agad
For bheil gach dadmonn dhiu,

Th

Tha me 'n lan-dóchus
 Go tiomasaich u fós m' úir,
 'S a measg do shluagh
 Go 'n tog u suas me d' chúirt.

A passage of Montrose's speech to the parliament, translated extempore into Galic.

By —.

S Ma fagadh Dia mo chorp,
 'N ain-mheadachd chórr,
 'S go 'n gearrt' am mhíle million
 Píosa m' fhéoil,
 Ais-leath mo rioghachd,
 Bhi d'a dion 's a chóir ;
 Go 'm b' e mo mhiann,
 Mo roinn am mhiribh beo,
 Air barr gach stiobla,
 'S chroise cian na h Eorp.
 Dh' ain-deoin mío-ruin,
 'S suil-íotach dian luchd gó,
 Theid m' anam príseil
 Suas gun phian go gloir.

Oran air aisling a bbruadair duin'-uasul ar raid, go roibh tuil ri tighbin thairis air sicer ramachd Earraghaidheal, air son iad a dh' éiridh, &c. Agus 's e 's ainm do 'n oran, an Airce. Air fonn, Tuitir Ile b' ainm do 'n shear, &c.

DIaidh dhombh tuitim aon mo chadul,
Chonncas aislig chuir or'm cúram,
Guth 'g am mhosgladh suas go sgairsteil,
Dol air theachdaireachd 'nuair dhúisginn.

'S go d' chaigh me 'm shuain go h órdoil,
Mar ba chóir do 'n h uile criostai,
Chonncas bruadar do dh' ion bócan,
Chuir air bhall-chrith m'fheoil, is m'fhiocla.

Gur he e Brigadeer Caimbeul,
A mharbhadh an abhar R— S—,
Shummoine mísé a ráir am chadul,
Do air theachdaireachd 'nuair dh' eirinn.

Dh' earb e riùm eisín a righín,
Alastair criodha lean deonach,
Ris an standard sin Ph— T—,
Dh' fhuilgeadh bas ais-leath na córach.

Fear Airdfliginis an t ármunn,
 Tha me 'g rádh, 's cha neach eile,
 'S go d' shiubhail u an Eorp, 's an Áisi,
 Fhir th' am chláistinn chaoi na ceil e.

Dh' earail an guth labhairt ri'fin,
 A chlisgeadh fiòs chuir air saoramh,
 Dheanadh guñ f'haillinn deagh árdroch,
 Roi' 'n tuil ghábháil bha go taosgadh.

'S amhuil so, a labhair misé,
 Gün gne chuir ris, no thoirt uai ;
 Dh' earail me air go geur, sgairsteil,
 Dol ma 'n teachdaireachd ri luaitheir.

Agus, 's amhuil so, dubhuit an guth.

A Naoi Chaimbeulaich an áigh,
 Dean Airce dhuit-fein a bhio's pait ;
 Sábhail do theughlach go luath,
 Tha an tuil-ruagh a teachd air nais.

Cha ruig i leas a bhi ro mhór ;
 'S na biodh i idir beag ;
 Ceathair cheud lamhchoille 's a dhá,
 'S biodh i chomhláidir ri creig.

Saor o theughlach Lochnaneala,
 'S cail eile do dh' fhearabh coire,
 Na leig duin' a 's teach 's an loings',
 A ghabh unsa dh' ionntos R—— D——fa.

Poir do gach seorsa 's fearr,
 As gach mear a chinn o d' stoc,
 Thoir cuideriut anns an Airee,
 Tha muir báite ri teachd ort.

Na gaidheil le 'm b' ainnimh bhi rioghoil,
 Cha 'n eil mio-thlachd againn riu;
 Ach sibhs' d' am b' abhaist bhi dílis,
 Thoill sibh cíos thoirt dhibh, 's ar bruthadh.

Tog do d' mhousgaid, 's cuir ort surd,
 Air Airc' ur a dheanamh suas,
 Thig an tuilbheumsa chomhcas,
 'S a thig fras a failleach fuar.

Tha diudhultas le guth árd,
 Mar bha fuil Abel 's an spéir,
 Ag uirni, 's ag iolach go h árd,
 Gort is pláigh theachd air gach cré :

Air

Air gach cre a dhearg a lamh,
 Anns na tinneadh oir'ne bhruid ;
 Do chreachadh, do losgadh, 's do dh' fhaing-
 neadh,
 'S cha chall linn marbhadh, ach murt.

Thig so chomhcas ri beimsleamha,
 Scrothaidh e leis gach ni thachras ;
 Gach neach tha go smior na réabal,
 Lomaidh e géur o na clachamh.

Bárcaidh an tuil 'nuair nach faoil u,
 'S maith a dh' fhaoite gur h ann a niu ;
 Tarr leat do dhilse, 's gach caraid,
 'S Barrnacara fag amuidh.

Na tugadh dio-chuimhn' no mousgaid
 Ort, Loudon fhagail an dearmad,
 'S fear eil' a ni 'mach am poire,
 Go ba throiteir gheibh e tearmad.

Thoir dhachaидh Dubhul, is Eain,
 'S gach fear tha dliaghach dhiut teasraig ;
 'S do gach teughlach eile cáraid,
 Go modh-fíolaich fhagail beittir.

Na toir neach air bord do d' lefir,
 Ach pór do fhleasgaichibh calma;
 Na leig gne eanlai a 's teach ort,
 Ach go teachdaireachd do Chaluman.

Ceangail cu, cat, is clach-mhuillinn,
 Ma mhuineal burroil Mhic-Nibhein,
 'S tilg a fios e le neart cudum,
 An craos flugganach na dilionn;

Air neo, ma 's e do thoil fein e,
 Cum agad e go feim fiaich;
 'S biadh e cuideiris a Chaluman,
 Go 'n cuirt air falbh iad nan diais.

Cum ri Sir Donnchadh an ḡaibin;
 'S buin go coir ri Inveraw;
 'S o bhio 's tu pait do dhimh fhrancaich,
 Cum gun taing riu casg am paghaidh.

Ma tharras tu fear Choirechunna,
 Na fág fa chuntart na'n tonn e;
 Thoir air bord a 's teach an duin' ad,
 'S buin ris ӯrramach neamhlompais.

Ma dh' fhairies tu Caipptin Donnchadh,
 Am measg an tromlaich d'a d' righin ;
 D'a t atach ag iarraidh buird ort,
 Ciull le fúrd a 's teach na d' chri e.

Gach aon duin' eile do 'n teughlach,
 Na bi meobhla riu na d' chriodha ;
 Thoir dhoibh teine, leab', is ardoch,
 Deoch, is failte, is moran biaigh.

Tha soigh'deir agus an criostai,
 Ann aon phearsainn ghrinn 's an Chaipptin ;
 'S do phoncamh rioghoil cho'-luchdor,
 Chaoi go 'n tuit é air a thappadh.

Tha e cho'-modhar ri moigh'din,
 Siofolta, coinneil, gun ghaiseadh ;
 Gun chais', gun raise, gun stroilich,
 Lan do sgoinn ri uchd a ghaisgidh :

Tha e díreach, rioghoil, rúnach,
 Tha e fiughuntach gun stró ann ;
 Tha e cuimiseach, glic na ghiulan,
 Flathoil, cúirteil, gun ghne mhórchuis :

Tha

Tha e meinich, iochdor, báigheil,
 Trócaireach, cárdeach, lan athtruais;
 Guineach ri naimhde 's na bláramh,
 Gos an tárradh e fa smachd iad;

A sin, thaibhinnéadh e thrócair,
 Do bhochabh fogarrach gach áite,
 'S cha chuireadh e 'n gniomh an t órdo,
 Bha fa 'n fh—d—r na phatent:

Beannachd nochd', is bhochd' sin Mhúideort;
 Beannachd gach dúcha na d' chuiddeachd,
 A bhrigh nach do chuir u le dolas,
 Sean, no óg dhiu chum na h uiddil :

Uime sin, Alastair ghaolaich,
 Gabh an caomhanachs' na t árdroich,
 'S gach aon duin' eile d'a dhaoine,
 Feach dhoibh aoighealachd is cárdeas.

An t eittionn glan, fírinneach, bríoghoil,
 Gun mholl, gun ghiomh, gun rusg cathadh;
 Claidhin chomhcruaigh', sgaiteach, rioghoil,
 'S a thairnidh go gniomh le T—.

Cha

Cha 'n fheim iad leighis, no urchaisg,
 No 'n cuir am purgudair fâile:
 Cho'-saor o chaire na 'n troit-fhear',
 'S go d' bheirt' iad a rair le 'm mathair'.

Tighearna-nan-Ard ma thachras,
 E riut, 's e 'g asnachadh dîdinn,
 Tha e do 'n tseorsa gun truaillidh,
 Nach roi' fuar do'n teughlach ríoghoil.

Thoir dhafan ionad chomhtaitneach,
 'S a bhio's agad anns an Airce ;
 Biadh, is aodach, 's moran dighe ;
 Giullaichd go h inich do chairde.

Sgibinis go d' ro' 'g a d' fhoinneachd,
 Ri gríofadh coinneis, 's e 'g gal riut ;
 Tearmad no iochd cha do thoill e,
 Na bi foill dh'a, thoir dh'a salunn.

Ceangail bolla lín ma mheadhain,
 Bheir pian dh'a 's dliaghach d'a chaire ;
 'S 'nuair bhio's e do phlubraich currat,
 Slaod leat go h ullamh a 's tigh e.

Cum amach fear Chnocbui,
 'S guidhim ort na leig a bhathagh ;
 Ceangail go daingiunn ris (*buoy*),
 Bheir fnamh dh'a 'n uighim a chraigheoidh :

'S 'nuair nidhir as an-blas D——ch,
 'S an fhairrg' air a leon, 's air a mhiottadh,
 Spíon a 's teach e, 's thoir dh'a (*cordial*),
 A bheir beo e deis a shliobraich.

Bi'dh tigh Chaladair an dóchus,
 Go leig u air bórd go leir iad ;
 O tha 'n cogois teann d'an scróbadh,
 Nach e Deórs' an R—— ach Seumas ;

Ach coinseonaichim u le h órdo,
 An R—— mhoir d' an coir dhuit géillidh ;
 Tilg amach iad uil' air fleódradh,
 'S aircion mó r fa chórr a sgéith' :

Biodh sin mar phurgudair aca,
 'G an glanadh, 's 'g an carstadh o 'n ótrach ;
 Sin, 'nuair scúrar iad o 'm peacadh,
 Thoir go caomh a 's teach air bórd iad.

S—th—ll, fear-ain-neart nam ban troch,
 Na 'n díleachdjan' fann, 's na 'n deorai :
 Iobair suas air altair Neptun,
 Air son a chreachan, 's dhoibh eirt.

An Donullach Illeach an rascal,
 An glagaire fada bóstail :
 Thoir urchairt dh'a chum an aigen,
 Go leaba-chadúl na 'n fórnán.

Mac-Dheors'-oig go d' thuit e 'm peacá,
 Le impi prafgain, 's le górraich :
 Leig plummadh dh'a chum an áigen,
 'S thoir go grad a 's teach le d' róp e.

Spárr Aisginnis ann an tuba,
 'S fág e fa luidridh an anfaidh ;
 Biodh e 'measg na 'n tonn air uiddil,
 Gos an caill e chuid do 'n aintheas.

Glac air laimh Ean-ban na Coirnil ;
 Mo dhílseán coiniullach, grádhach :
 Thoir dh'a biadh, is deoch, is coinniull,
 Boll, agus glainne 's a cháibin.

Richardson, grad thilg thar stoc e,
 'S tric a thog dhuinn tosta Th——;
 Ach o 'n shleamhnaich e 'n a chreidimh,
 Ascaoin-eaglais air a mheirleach.

Ma thig a bhan-bhárd na d' lónamh;
 Ostag mhíó-narach an Obain,
 Ceangail achdair r'i do bhrandi,
 Go bi toirt dram do 'n a rónamh:

Ach ma chinnis i na Jonab,
 'S a sluggish beo le muic-mhara:
 Go meal i a cairflealan fheolain;
 Ach a sgeith air córsá Chana.

Cuir adhaestar ri fear Chruachain;
 'S le luinnid cuir buarach ma chasamh;
 Leig futh' a fios go dha chluais e,
 Go glanadh an truaghain pheacaich.

Go toil lium Cailein ghlinn-iudhair,
 B' fhearr lium go 'm b' iudhar 's nach b'
 fhearna;
 O thréig e nador a mbuinntrioch,
 'S gann a dh' fhaodar cuim thoirt dháfan:

Cuir

Cuir boiseid do dh' ionntos R—— D——fa,
 Do smior an oir ma theismeadhain ;
 'S íobair e Neptune ; (go fearbh lium),
 Mar grad ainmich e 'n R—— dliaghach ;

Ach ma dh' aidicheas e pheacadh,
 (Bhi cur-as d'a R—— 's d'a dhúthaitch),
 Cuir ball chuig' amach mar theachdair' ;
 Spíon a 's teach air barr an tsúigh e.

Inbhereasfragain, am fleasgach,
 Bha e leisg air dad do thrioblaid ;
 Thoir dhasan tóimadh le beaddradh ;
 'S a chaoi na toir cead a riobadh.

Eidirghlinn na cum ris párlai ;
 Biadh snamh aige no na biadh :
 Up amach go grad le d' laimh e,
 Thoir dh'a anrath, 's bathadh righin.

Ach ma leaghas tu aithri neamhchealgach,
 Gun dearmaid 'n a ghnúis a soilseadh,
 Thoir dh'a teasraigin, is tearmad,
 Go nach e go dearbh a thoill e.

Mac phroibhaist Donnchadh an daòrmunn,
 Tilg amach an craos na mar' e ;
 Na toir dh'a comhthrom, no baoghal,
 A theisfrigeas do 'n daoidh-fhear anam.

Breib amach an truilleach Melbhin,
 Mar go pachta cù go fittig ;
 Na leig róp, no ball, 'n a charann,
 Air 'm bi dula, sgat, no sgittig.

Lachann-dubh ad Bhail-ea-ghrogain,
 'N do chinn lan croggain do phoinnseon,
 Gun pharlai iummain go stoc e ,
 'S tilg 's an bharr-roc e le tuinnseadh :

O chaill e cairdeas gach tìre,
 'S gach criostai ríoghoil air thalamh,
 Na toir fairrge ghlas is tìr dheth :
 Dean íobra do Ri na mara :

Go ma luai'te ruigeas e 'n grinnioll,
 Ceangail cloch-mhuillinn m' a sgórnan,
 Cut, cat, nathair, agus sionnach,
 Go commun chummail go póit ris :

Clann-

Clann-chamhrón', agus Clainn-Fhionainn,
 Olaidh go h ionbháinn a mharbh-deoch,
 Bhrath e na cinn-fheunna thlachdor,
 Nach ba tais ri uchd na 'n garbh-chath :

'S cinnteach bi'gh a bhrathair Judas,
 Go h úiseil ann uchd Abr'am,
 Ma 'ta dóchus ag an sgiurfaír,
 Anns a chuírt ad a bhi fábhailt'.

Tighearna na h O—tt—ch b' olc e ;
 Cha roibh ann ach poca pulinnseoin ;
 Thoir purgaid shaibhir dh' a 'n tSláile,
 Is sgob gun dál a 's teach na d' luing e.

Donnchadh-bui Mac-an-Aba,
 Bha e lag-chuiseach 'n a cháirdeas,
 'S mar a bhitheagh dhuinnne beagan,
 Cha ba leisg linn u 'g a bháthagh :

Ach do thoradh an tseora d' am bheil e,
 'S go 'n ionnsaicht' oilen na b' fhearr dh'a,
 Thoir do 'n uisce shait' a leoír dh'a,
 'S tarraig beo 's teach do 'n Airc' e.

Achachrofain

Achachrossain chiunn a chroftachd,
 Ceangail air bh—d ris an luing e,
 'S 'nuair bhio's e réicil, 's ag osnaich,
 Slaod a 's teach am poca puinnseoin :

Ach mar sguir e fin d'a chroftachd,
 'S mar a h ól e tosta Thearlaich ;
 Sparr go daingiunn ann am poc e,
 'S tilg amach thar stoc am meirleach.

Caipin Dhonnchadh Mac-a-Phiocair,
 Na fag am measg na 'm barr-roc e ;
 Tumm go ciuin go ait' a chrof's e,
 'S thoir a chlisgeadh 's teach air sgroig e.

Achamhuillinn tilg 's an fheammainn,
 Go deanamh do Neptun kealpa ;
 'S mar fluig e na gheibh an t-fáile,
 Sior chum ris an dáifhear (*kelty*).

Mar sin, agus Noble gocach,
 Am poca-croite bhio's ag Júdas ;
 Go toil le d' chairdibh a phláigh ad,
 Leig fa sháil' e, le far-sgiúrsadh.

Ma chì u 'n rioghalach diamhair,
 'S e fuireach go cian an uachdar,
 M' a 's sgairteas e Dia 's R—— S——,
 Spíon le teimeadh a 's teach air ghruaig e.

Leigim fa bhienne do mhór thrócair,
 Gach cré tha beó ann do dhúthaich ;
 Ach cuimhnich fag 's an chommunn rónach,
 Gach reubal Déórsach nach tiunntaidh.

Gabhfa ma thimchiull do ghnobhaich,
 Gun mhaill, gun choi'-earbs', gun fháillin ;
 'S mar a dh' fháin am Br——d——r,
 Air ciunn na dile dean Airce.

Gheibh u cùirt is moran cliudha,
 'S bi'dh tu buidheach air a dheireadh ;
 Faidh, iarrann, tearr, 's baill o ghallamh,
 'S dean Airc' do dharach Loch-séile.

Moladh a Chaimbeulaich dhuibh.

GO beag orts' an Caimbeulach dubh,
 Gar toil liums' an Caimbeulach dubh ;
 Biodh e dubh, no geal, no grísfhionn,
 Grágh mo chrioghas' an Caimbeulach dubh.

Go h inisgeach air an tseórs' u,
 Na 'm b' aithne dhomsa do phórsa,
 Chuirinn moran sios do 'n dóibheirt,
 'N an dubh dhlóintibh fótusach, tiugh.

Suile coirpt' bh' ann an droch cruth,
 Am fuair oilbheim do 'n fhear gheal-dhubh,
 Do 'n dream oirdheirc 's foirmeile ful :
 'S duilich tolg a chuir 'n a chruaigh stuth.

'S tric le madai bhí ri dealunn,
 Ann oiche rot' ris an ghealaich ;
 B' ionann sin, 's eifeachd t ealain,
 Air cliu geal a Chaimbeulaich dhuibh.

'S cia mar fuair u dh' aodann no ghnu's,
 Caineadh uasail gun mhodh, gun tlus ?

Fhior

Fhior dhearc-luachrach chinnich a lus :
 Ma t aoir bhacaich tacam u bhrui.

Sgiursaidh me go 'm bi u marbh u ;
 Cha bhi ach mo theang' do dh'arm riut :
 A rag-meislich, bhradaich a gharbhlaich,
 'S iom gharbh-mhart dh' fheann u le d'
 chuirc.

Do 'n tsiol chruithneachd chuireadh go tiugh ;
 Cha b' e 'n fhídeag, no 'n coirce dubh,
 Ach por príseil, 's ro sgaoilteach cur,
 Feadh gach ríoghachd air tir, 's air muir ;
 Lomalan brighe o bharr g' a bhun ;
 Feach a rís e ma 'n dit u luibh.

Gur iongadach lium a dhuinne,
 Mar roibh meirin ort air tuineadh,
 Ciad man do bhuin u do 'n urr' ad ;
 Curaidh ullamh, 's cuiraidseach ful !

Dream na 'n geurlan go repbadh cuirp,
 Cruaigh 'g a feachainn air beulamh trup ;
 'S maith, 's is gleust' iad go bualach phluc,
 'N am retréata dh' éibheach le stuirt.

Chà bhreac brean-loin idir Cailen,
 Ach do dh' fhion-fhuil aird Mhic-Cailen :
 Teughlach úiseil Iarla-Bhealaich ;
 'S buaghach caithrim ri uchd an truid !

'S cinteach thiotadh gheibh u do mhurt,
 Ma t aoir chiottaich, mhiosguinich churt :
 Go do dh' idridh go roibh ort stuart,
 Bi'dh a bhiodag riddleadh do chuirp.

Claigiunn gun inchinn, gun mheadrach,
 Ann faodadh na h iolairion niodadh :
 Cia mar fuair u ghnúis do sgiodar,
 Ghluafad idir an ionad puirt ?

Eisg bhochd, clearbach seargaidh me tur,
 Do theanga chealgach a clearbaire dhuibh,
 Rinn an tsearbhadh gun chair' amuigh :
 As'd a dh' earbainn cealgaireachd cruigh.

Cha bhiorrachdaire go d' bhiodh fearg air,
 Do 'n d' rinn us' a dhuin' an tsearbhadh ;
 Ach óg faighidneach gun earraghloir ;
 Lan do dh' fear-ghniomh, dhearbh e le
 ghuin.

Bha

Bha u mio-mho'oil a toirt dh'a guth ;
 Crág a chobhair go mágradh gruth :
 Leobas odhar a ghlaimeadh futh,
 Deis dh'a leughadh, 's e rith na shruth.

Cha ba bheudagan go tabbaid,
 Ach fior leoghann stolda, staideil,
 Do 'n d' rinn us' an t oran prabach ;
 Ach fior ghaisgeah ; 's am blar 'g a chur.

Sparram cintceah ort a glas-ghoib ;
 Losgadh peircill, corcadh, is cuip,
 Air son ascaoin caclach do bhuis ;
 B' fhearr go 'm bithinns' fagaig dhuit :

Go do bhiodh tu caineadh gháidheal,
 Anns gach siorramachd a dh' áirinn,
 Seachainn muinntir Earraghaidheal,
 'S gun a Cheolrai fabharrach dhuit.

'S mairg a dh' éiridh ri fiol an tuirc,
 Gasraidh ghléusta nach éaradh cluich ;
 Cha ba bhéus dhoibh bhi ris a mhurt,
 Ach cath tréun, is comh-throm r' an uchd'.
 Go beag ortsa mile cuairt e,
 'S ioma sonn aigionntach uallach,

Eidir

Eidir Afainn, 's Cluaigh-nan-luath-long,
A 's trom luagh air Caimbeulach dubh.

Suil na seoca, 's ro bhochoil cur,
An ceann rō bhinn nam bachlag dubh ;
Cha b' i fróg-shuil, rógair' a chruigh ;
Fior fhiobh feedair orr' ann a sul.

'S geal 's a 's dearg do leac, is t aogasg,
Go dubhuit iad peirciull caol riut ;
Cha b' ionann as sligeas-gaoisneach,
'S fiasag pit-laoigh air nach bheil tiugh.

'S go reachadh tu 's na spéiribh,
'G a'rib Caimbeulaich a dh' éisgeadb,
Tuiteadh tusa mar a bhéisteag,
'N a t ionad féin am buachar mairt ;
Esin ag eiri suas le sgairt ;
Us' a bhrcinen magaran cac ;
Esin ghlé-ghlan lomlan do thlachd ; .
Us' a dhéistinn 's muig ort air at,
Mar ba bhéus do dhoran no chat.

Aodann graineig, tarr-aodann tuirc ;
Com a chnaimh-fhi'ch, 's nador na muic ;

Beu

Beul mhic-lamhaich, 's faileadh a bhruic;

Spága clarach ; sailibh na 'n cusp' ;

Casa curra, uchd a ghiomaich ;

Suile liunnach, sgamalach fliuch.

Do dh' oirlichibh aori bardoil,

Tomhaism o d' bhathais, go d' lháil u ;

'S feannam do leathar a thráill diot,

Chiunn u cháineadh a Chaimbeulaich
dhuibh.

Cha 'n fhear sgippi us' ach fior ghluig ;

S beirt gun teagabh bi'dh tu fa bhruid ;

T iasag failidh, t fhalt, is do ruisg ;

Tuitidh t fhiocla, 's falbhaidh do thuigs' :

'S cosall nach b' aithne dhuit mise,

'Nuair a bha me so gun fhios dhuit ;

Na 'm b' eol, cha ghlacadh tu mhisneach,

Róinne riobbadh as an fhear dhubbh.

Craimhaidh t ingne 's maise do cbuirp ;

eirgidh t insgin ; seargaidh do chuid :

ean cruaigh aithri a chaoi ma 'n luigb,

Chiunn a cháineadh a Chaimbeulaich dhuibh.

Cemb-radh, mar go b' ann eider caraid agus namhaid an Uisgebheatha.

Caraid. **M**O ghaol an lasgaire spracoil,
 Fear na'n gorm-shuile maiseach,
 Chuireadh foirm fa na macamh,
 'Nuair a thachradh iad ris :
 'Nuair chruinnichidh do chóisir,
 Cha b' i chuilm gun a chó'-radh ;
 Gheibhte rainn agus órain,
 'S iomad stóiri na measg :
 Gille beaddarrach, súgach,
 Tha na chleasaiche lúthor ;
 'S ro-mhaith bhreabhadh an t úrlar,
 Agus tionsntadh go brisg ;
 'S e dhamhsadh go h uallach,
 Go h aucaideach, guanach ;
 Gun fealltainn air truailleachd,
 Ach uaist' agus meas.

Nambaid. 'S maирг a dheanadh an t óran,
 'S nach deanadh air chóir e ;

Gun

Gun bhi moladh an doi-fhir,
 Bha na rógaíre tric :
 Fear a sheargadh an conach,
 Thiunntadh mionach na 'n sporan
 Dh' fhágadh lean'ba air aimh-bheirt,
 Ann an caraid 's an drip :
 An struthaire dio-bhuain,
 Tha go brosgolach, briagach ;
 Fear crosta mi-chiallach,
 Gun riaghailt, gun mheas :
 Call mor tha gun bhuinnig,
 Ann sólas ro dhiom-buain ;
 'S fear stórais a 's urra
 Bhi cummontas ris.

Car. Mhie toisich, mhich bracha,
 Fhir chomhraig na 'n gaisgeach,
 Chuireadh bóilich 's na claignibh,
 Chuireadh casabh air chrith :
 Ba tu cleochda na h aittibh,
 'N aghaidh rót' agus sneachda,
 Dheanadh notion do fhrasámh ;
 'S chuireadh seachad an cith :

B b

Dheanadh

Dheanadh dána fear saideolt' ;
 Dheanadh lag am fear neartor ;
 Dheanadh dai-fhear do'n bheirteach,
 Dh' ain-deoin beirtis a chruigh ;
 Ann ceart aghaidh na th' aca,
 Do mhúirn, no mheogail, no mhacnas,
 'S tu roighin a 's taitnich,
 Do chúis mhacnais air bioth.

Namb. A dhuin' ! an cuall u no fac' u
 Riabh ni 's miosá chuis mhacnais,
 Na bhi 'n a d' shímeadh 's na claisibh,
 Gun chlaisfeachd, gun rith ?
 Air do mhúchadh le daoraich ;
 'G a do ghiulan ag daoine,
 'N a d' chúis bhúrd ag an tsaoghal,
 For nach faodar a chleath :
 'S e bhi 'g coinneachadh Ratti,
 Ni do lomadh ma d' bheirteas ;
 Luchd a chommuinn, 's a chaidribh,
 Rinn e 'n creachadh gun fhios :
 'S i ciall-sguir a bhio's aca,
 Bhi ri buillibh, 's ri crappabh ;

Go 'm bi fuil air an claignibh,
 'S bi'dh am battacha brist.

Car. Mo ghaol an lasgaire suairce,
 Chleachd bhi 'n caidribh na 'n uaislibh ;
 'S lionar tlachd, is deagh bhuaigh,
 Ata fuaite ri d' chríos :
 Biorach, gorm-shuileach, meallach,
 Beachdoil, colgarra, fallain,
 Laidir, caoin, air deagh tharraing
 Go fógra gaillinn a chuirp :
 For an cruinnich do phaistibh,
 Go 'm bi mír' ann is márran,
 Augus iomad ceolgáire ;
 'S iad neamhchraite ma 'n cuid ;
 Bheir e 'n t umbi go sólas ;
 Ni e glic am fear górrach ;
 Ni e suntach fear brónach ;
 'S ni e górrach fear glic,

Namb. 'M b' e sin roighin na 'm macabh,
 Bhi gun fhragharc, gun chlaisteachd ;
 'Nuair ba mhiann léo dol dhachaidh,
 'S e ni thachras ni a 's mios' ;

Gur e 'n ceann a 's treas cas dhoibh,
 Lomlan mheall, agus chrappa ;
 Gach aon bhall go 'm bi aca,
 Gaid a neart uath' gun fhios :
 Iad na 'n taffaisg gun toinisg ;
 Iad a labhairt an donuis ;
 Iad ro lambach go conus,
 'S nach urr' iad cuir leis :
 Bi'dh an n aoidnibh 'g an scróbadh,
 Bi'dh an aodach 'n a shróicibh ;
 Cha 'n fhaod iad bhi stolda,
 'S iad an comhnai air mhisg.

Car. Nach boidheach a spórs,
 Bhi suidhe ma bhordabh,
 Le cuideachda chóir,
 Bhio's an tóir an digh !
 Bi'dh mo bhottul air sgórnan,
 Ri toirt cop air mo stópan ;
 Nach toirtteil an ceol lium
 Ári crónan, 's an gliogg !
 Go 'm bi fear air an daoraich ;
 Go 'm bi fear dhiu ri baoireadh ;

Go

Go 'm bi fear dhiu ri caoineadh ;
 Nach beag a shaoileadh tu sid !
 Ni e fosgaoilt' fear dionach ;
 Ni e crosta fear ciallach ;
 Ni e tostach fear briarach,
 Ach am blialum piach tuig.

Namh. Nach dona mar spórs,
 Bhi suidhe ma bhórdabh ;
 Na bhi milleadh mo stórois,
 Le górraich gun mheas !
 Le siaraich, 's le stáplaich ;
 Le briath'ra mio-ghnáthaicht' ;
 Ri spearadh, 's ri sáradh
 An Abharsair dhuibh ;
 Bi'dh an donus, 's an dólás,
 Do chonas, 's do choi'-strith ;
 'S do tharraing air dhórnamh,
 Anns an chomhail nach glic :
 Ri fuathas, 's ri sgannuil ;
 Ri gruaidhibh 'g an prannadh,
 Le gruagabb 'g an trarraing
 Le barrachd do 'n mhisiغ.

Car. Mo ghaol an gille glan éibhinn,
 Dh' fhás go cineadail spéiseil ;
 Dh' fhás go spioradail tréadhach,
 'Nuair a dh' éiridh an driop ;
 Bhiodh do ghillibh ri sólas,
 Iad go mireagach boidheach,
 Iad ag fireadh na 's leoír,
 'S iad ag ól mar a thig ;
 Iad go h aidhireach fonnor,
 Iad gun athadh, gun lompais ;
 Iad go maith air an rongais,
 'Nuair a b' antlachd an cluich :
 Cuid d'a fasán air uairibh,
 Duirn, is batt, agus gruagabh,
 Dh' aithn't a dhreach air a spuacabh,
 Go roibh bruaidlein 's an mhisg.

Namb. Tha mhisg deonai 'n a nádor,
 Lomlan mórchuis, is árdain ;
 Lomlan bósád agus spáraig,
 Anns gach cás air an tig ;
 Tha i tuair-shreapach, fiaghaich,
 Tha i murtai 'n a h iarbhail ;

Thz

Tha i duftach, droch-nealach,
 Lan do dh' fiabhras, 's do fhriodh.
 Go 'm bi fear dhiu 'n a shíneadh ;
 Go 'm bi fear 'n a chúis-mhío-loinn ;
 Go 'm aithlise líonor ;
 'S iad am maoidheadh na 'm pluic' :
 Tha i tuarrapach foilleil ;
 Iomad uair an droch oilen ;
 'S gun do dh' fhuasgladh fa dheireadh,
 Ach 's i ba chaireach a mhisg.

Car. Mo ghaol an cleasaiche Kúthor,
 Fear gun cheasád, gun chúna ;
 Fear gun cheiltinn air cùineadh,
 'N am bhi dlúthachadh ris :
 Bheireadh tlachd as a mhúigen ;
 Dheanadh gealtair do 'n diúmhach ;
 Dheanadh dán' am fear diúid,
 Chum a chúis a dhol leis :
 Fear a 's fearr a 's tigh óst' u ;
 Fear a 's urbhailteach órain ;
 Fear nach fuilgir 'n a ónar,
 Ach a bhóilich 's an driop ;

Fear

Fear tha bárranach ceolar ;
 Crioghoil, cáirdeach le pógabh,
 'S a lamh dheas air a phóca
 'S sgappadh stóris le misg.

Namb. A chinn-abhair a chonais,
 'S tric a dh' fhaobhaich na sporain ;
 Fhir nach d' fhaolum an onair,
 'S i bhiodh 'g a d' mholadh a bhleid :
 'Nois o 's búanna ro dhaor u,
 Tha ri buaireadh nan daoine,
 Dol mancuairt air an tsaoghal,
 Chum na dh' fhaodas tu ghaid,
 Fear ri aithreachas mó r u ;
 Fear ri carraig, 's ri coimhstrith ;
 Fear ri geallam ; 's cha tóram ;
 Thug sid leonadh do d' mheas :
 Ni u 'm pót-fhear 'n a striopoich,
 Ni u striopoich 'n a pót-fhear ;
 'S iomad mile droch comhail
 Tha 'n tóir air a mhiisg.

Car. Go b' e thionnsgain, no dh' íntrig,
 Air an ionnstramaid phríosoil,

'S duine gruinfoil 'n a intinin,
 Bha go h intinneach glic ;
 Thug o arbhar go siol e ;
 Thug o bhraich, go ni a 's brigheil' ;
 Thug a ptais 'n a cheo-liath e
 'Mach roimh chliath na 'n lúb tric ;
 Thug a buiddeal go stóp e ;
 Rinn e 'n tsuibainte cómhlan ;
 Thogadh flioggach an róta,
 Far fir bhrefoite gun sgridd :
 'N donus coinnimh no cómhail,
 No eireacas mór-shluaigh ;
 Gun do cheileireadh boidheach,
 Cha bhi sólas na measg.

Namb. Go b' e thionnsgan an aimlisg,
 'S olc an grunt bha 'n a inchinn,
 'S mor a dhúisg e do dh' arg'maid,
 'S do dhroch sheanchas marr ris ;
 Dheilbh e misg agus daorach ;
 Rinn e breisleach 's an tsaoghal ;
 B' fhéarr nach beirte go h aois e,
 Ach bás na naoidheachan beag ;

C c

Dhúisg

Dhúisg e triobblaid is coimh-strith ;
 Rúisg e bioddag' an dornamh ;
 Chuir e piobar fa 'n deobhnachd,
 'Nuair a thoisich a mhisg :
 Cha chúis bhuinnig a leanbhainn ;
 Ach cúis ghuil agus fhalamhaich ;
 'S a chaoi cha 'n urr' u 'g a sheanchas,
 Cia mar dh' fhalbh do chuid leis.

A G L O S-

A G L O S S A R Y ; explaining, in English, all the words that seemed difficult in the preceeding work.

A *Quarbling*

A *Maladh*, interweaving, intermixing, or interspersing.

Aisling, a dream.

Aisling-chonnan, a libidinous dream.

Arral, a bairnly pride, self-conceit.

Ainnir, a female beauty.

Ainnis, poverty, want.

Aineamh, a blemish.

Aineamhach, blemished, maimed, lame.

Anart, haughtiness, presumption.

Anartach, being presumptuous, or of a saucy, affected carriage.

Anfad, the rolling of the sea, a tempest, a storm.

Anfadach, tempestuous, stormy, &c.

Anigheil, mild, affable, courteous; also hospitable.

Aoighealachd, mildness, affability, courteousness; also hospitality.

Anam-fais, a vegetative soul.

Arcuinn, a cow's udder.

Arfai, old, overaged.

Ain-fheoil, corrupted flesh.

Ainbi, extraordinary, inconsistent.

Aingealta, perverse, peevish, froward, fretful.

Aigionntach, greatness of mind, magnificent, spirituous; *magnanimous*

B

Baggonta, tight, compact; *Snug*, also vigorous, lively. *neat*

Ballag, a shell of an egg, &c.; also a spruce neat little woman.

Beolum, a scold; also ridicule. *Alarnt*

Brisg, brittle; also quick, lively.

Briosg-ghloir, a quick short accent; also a gabble or prattle.

Briosg-ghloireach, a shortness of accent; also having a prattling, chatter disposition.

Barracaideach, proud, saucy; also overloquacious. *Boasting*

Bréun, putrified, rotten.

Bréine, putrefaction, rottenness.

Breun-laoghrach, rotten-toe'd.

Báirich, bellowing, roaring.

Bururus, a warbling purring noise.

Brúshaisle, bread or meal soaked in the fat of broth. *gruel*

Tops of Tops *Baideil*, the tops of hills, castles, and sails, &c.

Bachail, of, or belonging to Bachus.

hero—*Biui*, a strong able man, worthy of a great character; also a formidable enemy.

Beic, a roar, a cry.

Béicil, roaring, crying, yelling.

Buiren, no *Buirich*, bellowing. *and at the*

*Same time leaping
the ground with the
Fore paws*

Biogoil, vigorous, lively; also neat, small, minute.

Brisc-gheal, limpid.

Buair, a herd of cows, &c.

Boiriche, a bank, or rising ground.

Bairneach, a limpet.

Bliaghna-chórr, no *Leim*, a leap-year.

Beinnshiont, a certain mountain in the country of Ardnomorchan. *q.d.*

Bélmheilliridh, flattery, fawning, soothing. *honey*

Braccuirneach, no *Brac-*

cach, of a grayish, badger colour.

Broggonta, brisk, cocking, forward.

Bundaisle, grassum. *wax*

Brach-shuileach, blear-eye'd.

Bochol, lofty, ostentatious; also vigorous and nimble.

C

A cheolraiddh, the muses.

Ceumtuifslidh, a stumbling-block.

Clio, one of the nine muses.

Calin, a maiden.

Calliope,

- Cailliope*, one of the nine muses.
- Cearcall*, a hoop, a circle.
- Cearcalach*, circulary, curled.
- Cionniullach*, flexible, pliable.
- Conn*, regulator.
- Craimhinn*, a cancer.
- Comaradh*, aid, assistance, help.
- Cruinniag*, a well favoured young woman, of a round make.
- Caineal*, cinnamon.
- Craos*, gluttony.
- Cruachan*, a mountain in Upper-Lorn.
- Camparach*, haughty, frestish, proud, peevish.
- Cearbach*, awkward, imperfect, unhandy, lame.
- Gullach*, an eunugh; also a he sow.
- Gailidair*, snot, phlegm, or any kind of matter that gathers about the eyes or nose.
- Caisfreag*, wrinkle.
- Caisfreagach*, wrinkled, or creasfed.
- Cochull*, a husk; also any kind of a wrapper or covering, especially such as are made of any kind of skin.
- Ciobhall*, the jaw-bone.
- Ceal*, the place in a vessel wherein the mast stands; also forgetfulness, stupidity. *The Heel stone in a Ship*
- Cnottag*, no Crotttag, a device for knocking barley in; also a bunch-backed woman.
- Cuistle*, a vein.
- Cuislinne-sniombain*, the twisted winding veins of trees.
- Ceim*, a step.
- Ceimeadh*, stepping.
- Coimb-sheirm*, a concert.
- Clialú* (among pipers), is that division of a pipe-spring, so called, because the nine fingers are at once in the quickest motion playing it.
- Crioschombhealluinn*, the herb my lady's belt.
- Camblach*, a navy.
- Ciuchran*, a childish, melodious, faint sound.
- Cupan*, a cup.
- Crannag*, the round top of a mast; also a pulpit.
- Cóisir*, a choir; also the best part of company.
- Cuan-*

Cuan-choire, a sea glen, a gulph.

Cath-chrith, no Crith-chath, is a fit of trembling occasioned by eagerness, and being hindered from fighting and revenge.

Confadh, rage, madness, eagerness.

Casgradh, cutting down, devouring.

Caifmeachd, an alarm by sound of trumpet, &c.

Clia, no Cliath, (among pipers), all the nine fingers.

Cuile-chiuil, a musical vein.

Cluaran, a sort of gowan

Cir-mheala, a honey-comb.

Ceir chuachag, a little cup pasted with bees wax.

Calg, very strong hair, &c. also the point of any thing. *Broche*

shoulder *Cloch-iuil*, a loadstone.

soo + Cuallach, the herding or attending of cattle.

laithis *Graobh-sbeanchais*, a genealogical-tree.

large *Crúisgen* a lamp.

Doire, tuft, or bush of trees.

Diombas, lasciviousness.

Dubhfhaileach, a vicious man, or woman.

Dreigeiseach, peevish, easily angered.

Deoch-thunta, decanted drink.

Dúldachd, dark sultry weather; but most commonly applied to winter, and the beginning of spring.

Dril, a drop, small globules of dew, &c.

Dubb, black; also an eclipse.

Déireach, an exquisite loud report; also a dull pain in the body.

Dúr, stubborn, impregnable, sultry.

Dinsair, ginger.

Dioggladh, fucking close.

Dallag, a mole; also a blow on the cheek.

Doiddeach, busky.

Durradha, gloomy, sullen, sultry; also robust.

Dannarra, bold, resolute, undaunted. *unsocial*

Dearrasan, the noise made by a banner, &c. when displayed in the wind, or by flesh, hair, &c. when thrown into the fire.

Euterpe,

D

E

Euterpe, one of the nine muses.

Euggurra, exact, precise.

Erato, one of the nine muses.

Elebor, a kind of snuff that occasions much sneezing.

Eallach, a burthen ; also cattle.

Eanbúchainn, a melodious sea-fowl.

Eisg, a satyrist, a censorious nipping poet.

F

Falt-doiddeach, short bushy hair.

Fairigan, a word of admiration.

Fathrom, noise.

Phænix, a rare fowl.

Foithlidh, acting imperfectly, in a hurry.

Fairche, a beetle or hammer.

Faircheadh, beating with a hammer, &c.

Uiiche, a walking-green, a street.

Uiiche-bboul, a bowling-green.

Gonn-mheug, the thickest, and best sort of whey.

Feuda-coille, the flower of wood-sorrel.

Falluinn, a mantle, or any sort of covering.

Feasgarrain, vespers, or evening-prayers.

Foirne, a brigade.

Foinneachadh, tempering.

Foinnicht, tempered.

Fuidridh, commixing.

Fuidricht, commixed.

Fuar-ghreann, a cold-like aspect.

Fás, empty ; also growth.

Fáslaich, vacuities.

Faine, a ring,

Faineach, annular, or adorned with rings.

Faoisgneadh, the dropping, or bursting forth of any thing out of its husk, &c.

Feoirnen, a stalk of grass ; also a hair.

Frogganta, pert, lively, vivified.

Fann, faint, weak, pithless.

Falcaire, a scoffer, a derider ; also a practitioner of subtle cunning tricks.

G

Genmni. chaste.

Genmneachd,

Gennneachd, chasity.
Guiliugag, a word of rejoicing; also of admiration.
Gealhuireide, white turrets.
Grian-lafda, sun-shining.
Gódach, of a coquettish, giddy carriage.
Gangaideach, narrow, mean, slovenly, surly.
Gearr, short.
Gearr-mhattagan, unshapely, short, swollen feet.
Glib, fleet.
Glib-sblemhin, fliddery with fleet.
Geocoil, glutinous.
Goil, courage.
Gothadh, proneness; a bending or rushing forward.
Griofadb, incensing; also beseeching.
Goggoil, clacking, a shrill noise.
Guccag, a bell or bubble.
Guccagach, covered, or abounding with bells,
 &c.
Gloc-nid, no *Gloic-nid*, a dram in the bed.
Guilig, any kind of sing-

ing resembling that of swans.

Guidan, stratagems, perverse contrivances.

Glocan, a forked stick
 &c.

Gródhan, a groan, a deep severe sigh.

H

Herpficore, one of the nine muses.

I

Jupiter, the greatest pagan deity.

Insgineach, vigorous, sprightly, lively.

Iomghaoth, eddy-wind.

Iolach, a loud cry.
Ioc-sblaint', cordial, balm, salve.

Iomacach, butterish, or a-bounding with butter.

Iben, a saucer.

Inesolta, neat, tight, conformed to art.

L

Laogh, a calf.

Laoigh a bheoil, the calves of his mouth.

Lurach, gay, neat, amiable, merry.

Lafair-

Lasair-chloch, a carbuncle.
Leath-phairteach, partial.
Leadanach, precise, exact, distinct; also musical.
Leaddurra, elegant, pathetick; also harmonious.
Leaddurrachd, eloquence, pathetickness; also harmoniousness.

Lobhran, a leper.

Loirc-cbuag, a deformed foot.

Lubhghort, a field, a meadow.

Lóinneach, downy, paprous, spungy.

Long-phort, a harbour.

Lóchran, a flambeau, or torch.

Ler, no *Lear*, the sea

Lurachan, the flower of ramps..

Loim, heavy corn.

Luth, Luther.

M

Menemosene, the goddess, Jupiter's wife.

Melpomene, one of the nine muses.

Malcadh, putrefaction.

Meadrach, metre.

Mórchuis, greatness, ambition, magnanimity.

Mathsblogh, a congregation.

Mactalla, the echo.

Mear-bhuillibh, musical notes.

Meacuinn, no *Meacuaich*, sobbing, or sighing, &c.

Maidnen, mattins, or morning-prayers

Madhunna, meadows.

Mothar, a prodigious high sea; also a loud report.

Meirghe, a banner.

Meang, a defect.

Muigen, a churl, a surly grim fellow.

N

Neamhchurri, tenacious of beauty.

Niaimbinn, pearls.

Niosgaid, a boyle or ulcer.

O

Orbhui, yellow gold.

Orraichion, charms.

Oirfeid, harmony, melody.

Osnach, a carcass, a blast of wind; also a sigh.

Oirpheall, gilt, shining like gold.

D d

Oilbheim,

Gilbheim, offence, back-biting.

P

Prabach, snoty about the eyes.

Poll, dirt, a pond.

Poll-buiridh, the deers rutting pond.

Phuntuinn, exquisite cold, benumming.

Prioblosgadh, a prickling burning, occasioned by being quickly touched with any hot thing; also a twinkling blaze or sparkle.

Paitt, an unnatural lump or bunch upon any body.

Pollag, a hole, a hiding-place.

Plub, a plunge.

R

Róp, a rope.

Rópal, rhapsody, vain and idle talk, vapour, vaunting.

Ronnaireachd, slavery,

Ronnaireachd (among pipers), when the notes seem to be played with wet fingers, &c.

Rodi, old like; also grim.

Rasgaich, a jarring, disagreeing sound.

Rácuil, a bitter herb.

Ruaim, an inflammation in the face, denoting anger.

Ruiddeis, frisking.

Rag, stiff, solid, firm; also starch.

Rugga, an old man or woman, &c.

Roccach, wrinkled, creased.

Rochdan, an intangling, perplexing, or intricate place of any kind, such as a thick growth of sea-tangles, &c.

S

Siolladh, a syllable.

Sté, a foundation.

Stoite, prominent.

Sgallais, disdain, slander.

Sgallaiseach, disdainful, reproachful.

Slamagan, tresses.

Siannart, stint, want.

Stannartachd, stintness, scarceness.

Stroth, extravagance, lavishness.

Stróthoil, extravagant, lavish, expensive.

Slaodmbearaich (among pipers),

pipers), an awkward and tardy motion of the fingers.

Subhailc, virtue.

Seasg-chorpach, barren.

Soddan, joy, blythness.

Sail-chuspach, mouldiness in the heels.

Soilis, filliness, flattery.

Strotholachd, prodigality, profuseness, riotousnes.

Seile, a river in Moydart.

Stairteil, stately, grave, calm.

Sgolghaoir, a loud cry, an huzza.

Stadhadh, strutness.

Sothghraghach, amiable, lovely, affectionate.

Stoc, a trumpet. &c.

Sticleadh, cramming, stif-fening.

Staipeal, a cork, a bung.

Spisearnach, smelling of, or abounding with spice.

Sriddeag, a spark, a drop.

Sriddeagach, sparkling, falling in drops.

T

Taom, a fit of any pa-sion.

Troidh't, a cataplasm or plaster.

Torroichim, sound sleep.
Trileonta, a triling, qui-
vering, quick sound or motion.

Talcorra, sturdy, corpu-lent.

Tururuich, a warbling, purling noise.

Toirleim, dismounting.

Tein'-eibhinn, a bonfire.

Tionsgnadh, a beginning, an onset.

Torrach, pregnant.

Tailceanach, a corpulent, sturdy, shapely man.

U

Urania, one of the nine muses.

Usgruichion, jewels, e-quipage; also bells on liquor.

Urlar, a floor; also the set, or flow part of a pipe's spring.

Uros, no *Ur-ros*, a bloom.

Urchaid, vexation, con-fusion, &c.

Urchaisg, physic.

Uillidh, oil.

Umpaidh, an idiot, a heavy-headed stupid fel-low.

MEARACHD' A CHLO-BHUALAIDH.

Taobb. lin.

2.	10.	leagb 'g a	51.	8.	leagb 'n af
4.	22.	'n a	58.	2.	'g an
5.	8.	éim	64.	2.	hout' do
6.	3.	daonnán		3.	raithneach
	5.	tigheabh	76.	3.	tharsta
7.	8.	chios!	89.	22.	spéir
	10.	shuilbh	90.	8.	dois
8.	2.	dú d'		10.	luingeas
	6.	ghlasabhbh	91.	6.	dh'
	20.	Mhelpomone	93.	10.	'M bi
10.	6.	spéribh		11.	lan-damhach
11.	13.	na 'n	98.	2.	M —
14.	8.	'g am	102.	10.	Seurlus.
20.	23.	an	106.	4.	d' an
21.	3.	'g ar	108.	16.	nan
	15.	an eis	114.	15.	thaoibh-gheal
	18.	deir.	131.	12.	dhoibh
22.	21.	binn-phort	133.	9.	na 'n
23.	3.	na	137.	20.	an
26.	1.	an fhonn	138.	6.	'g ar.
	9.	'g a'm	146.	21.	caillibh
28.	13.	oich'.		22.	smáladh.
42.	13.	'g a	152.	22.	gidheadh
	19.	air agn	158.	14.	uimhleach
43.	2.	ná 'n	167.	4.	mo bhróna
45.	15.	pan		5.	do dhana
	17.	nati	170.	12.	bócain
46.	2.	fia'ghrunt	175.	1.	fhaireas
47.	6.	truid	179.	4.	's a
	9.	uair	183.	2.	ionmhuinn
50.	12.	Triath	186.	16.	as
	14.	na 'n	200.	18.	phróitfhear
51.	3.	uaibh			

Do bhrígh nach b' urrainn an t ughdar freasdal do an Fháisgen, agus nach b' aithne do na cloi-fheara aon fhacall do an chánoin; ta e nadora ri smuainteachadh nach feadadh an obair so bi faor o mhearachda. Mar sin, ta moran do na faclabh, agus do na poncabb, air am brioglaideachadh, agus air an cur as an ordo: cuid eile dhiu air am fágail amuigh go h iomlán. Ach anois, ta a phairt is follasaiche do na h iomraill sin, air an foilleireachadh amach, mar os ceann.

